





Digitized by the Internet Archive  
in 2013

LEABHAR CEASNACHAIDH

AN

OG-LUCHD-COMUNACHAIDH;

NO

COMHNADH,

ARAON AITHGHEARR AGUS SOILLEIR,

CHUM A MUINNTIR ÒG A SHEÒLADH AGUS ULLACHADH CHUM TEACHD AIR  
MHODH IOMCHUIDH GU BÒRD AN TIGHEARNA.

MAILLE RI RIAGHAILT

CHUM

COI'-CHEANGAL A' BHAISTIDH ATH-NUADHACHADH GU  
FOLLAISEACH.

LEIS AN URRUMACH MAIGHSTIR EOIN WILLISON,  
MINISTER AN T-SOISGEIL A BHA'N DUNDEA.

AIR A CHUR AN GAE利G, AGUS A NIS AIR A LEASACHADU AS UR.

GLASGOW:  
PUBLISHED BY D. MACVEAN.

1842.



# ROI'RADH.

---

Mu cheithir bliadhna-deug roimh so, chuir mi mach leabhar mòr ceasnaichidh mu na Sàcramaidean, chum luchd-comunaich a sheòladh mu'n gne, gu h-àraidh mu Shuipeir an Tighearna, agus mu'n chomunnach a ghabhail: Ach air do na ceisteann a bha ann a bhi ro-lionmhor, agus am freagraidh mor agus do-chumail air a mheoghair, agus an leabhar e fein air fàs gann, chuir mi r'a chèile an leabhar beag so air son na h-òigridh tha gus an comunach a ghabhail, far am bheil na freagraidh aithghearr, agus furasd a chuimhneachadh; agus tha dòchus agam, trid beannachadh Dhé gum bi e feumail doibh, mu'n d'thig iad air an aghaidh gu bòrd an Tighearna.

Tha e air a dheachda do'n òigridh, a chionn gu bheil àm na h-òige na àm ro-thaitneach chum stèigh eolas Crioduidh a shuidheachadh, agus gu fàs eolach air Iosa Criod, Slanuigh'ear anama. Nam biodh crann an ain-eolais air a thoirt gu trathail as an rathad, dh'fhaoidte leir-sgrios iomadh anam prìseil a bhi air a bhacadh. Ceadachibh dhomh, uime sin, àithn' agus earalachadh air gach párranda Crioduidh, iad a chaitheadh mór-shaothair air an clann a theagasc ann an eolas air Dia, air an truaighe a thaobh nàduir, agus air an fheum a tha aca air Iosa Criod an Slanuigh'ear. Mar bu mhath leibh leir-sgrios na h-aitim sin a thainig amach as bhur n-innigh a bhacadh, agus nach bu mhath leibh iad a bhi nam briste-cridhe dhuibh 's an t-saoghal so, no a' guidhe mhalluchd oirbh 's an ath-shaoghal, thugaibh fainear gun innis sibh dhoibh mu olc a pheacaidh, ro òirdheirceas na diadh'achd, agus mu shonus nam fior chreid'each agus iadsan a tha gradhachadh Chriod: foghlumaibh dhoibh leughadh, ùrnuigh a dheanamh, agus latha na sàbaid a choimhead, agus na faiceadh agus na cluinneadh iad uair air bith droch eiseimpleir 'n ar caithe beatha fein.

Anns an dara h-àite, ceadaichibh dhomh a mhuinnitir òg earaluchadh gu ro-dhùrachdach, 'an Cruthai'ear agus am Fear-saoruidh a chuimhneachadh an laithibh an òige. Cuiribh mu thimchioll obair 'ur saorsa 's an aois so, oir 's e àm is taitnich air a shon; tha 'n cridhe ni 's maoithe, agus ni 's so-aomaidh an dràsta, agus ni 's us' a leaghadh le bròn ar son peacaidh, agus is luaithe a bheothaicheas gràdh ann do Chriod, a dh'fhuiling air son peacaidh, na ni e an deigh so; gabhaidh meanglain craobhbe òig lubadh agus sniomh gu h-ullamh ris a bhalladh, ach an uair a bhios iad sean cha ghèill iad gun bhriseadh. Cha 'n eil a cheist sin a chuir Nicodemus neo-fhreagarrach 's an àite so (a). *Am faod duine bhi air a bhreith an uair tha e aosda?* Mo thruaighe! tha peacadh aosda ni 's dlùithe air an dara bàs na tha e air an dara

breith ; tha cleachda bhi ris a pheacadh, gu ro-thruagh a fàgail na tuigse neo-mhothachail, agus a' deanamh na coguis neo-umhailleach ; O bithibh air 'ur faicill roimh !

Tha aimsir na h-òige, air a caitheadh gu diadhaidh crabhach, ro thaitneach le Dia, agus bithidh e solasach dhuibh fein an deigh laimh. Fo 'n lagh, bha Dia ag iarruidh mar iobairt a cheud thoradh, eadhon *diasa glasa arbhair, cruadhaichte teis an teine* (b). Cha 'n fheitheadh e gus am biodh iad làn abaich, a theagasc dhuinn cho deigheil 's a tha è air toiseach ar n-aimsir, agus seirbhis na h-òige. 'S i 'n òige firionn ar trend, agus 's e ar Cruthai'ear is fearr an aithrigh air : cha 'n eil ceol air bith cho taitneach le Dia, 's a tha guth na h-òigridh, an caoin-eadh, an urnuigh, am moladh, an creidsinn, an aithreachas, an gràdh-achadh Chriosd, agus iad a dheanamh coi-cheangal ris. Nach bu taitneach leinn fein amhare air ar n-ais air àm ar n-òige bhi air a dheadh bhualeachadh ? Cia solasach a bha e do Pholicarp an uair a dh'fhaodadh e a ràdh, 'n uair a bha e aosda, agus air a bhuaireadh le luchd-dian-ruagaidh gu e dh'aicheadh Chriosd ! "Rè cheithir fichead bliadhna thug mi seirbhis do Chriosd, agus fhuair mi e daonna nan dheadh mhaighstir ; bhuin e do ghnàth gu math riùm, agus cionnas a dh'ìcheas mi nis è ?" Thoisich e gu trathail air seirbhis a thoirt do'n Tighearna, agus bu taitneach dha fein a bhi smaoineach air. A nis, ma ta, cead-aichibh dhomh, air ghaol Chriosd, a ghuidhe oirbh eisdeachd r'a chuire, agus caidreamh chaomhail a thoirt do ghluasad agus do gheur-mhothachadh a Spioraid, an am na h-òige. C' ar son ! A chionn gur e an t-am is annsa le Chriosd, agus anns an gne leis peacaich iompachadh agus an gabhail da ionnsuidh fein. Ma dh'amhairceas sinn a measg pobull De, 's gann a gheibh sinn aon as a cheud, nach ann an am na h-òige chuir iad a chiad eolas air Chriosd. 'S am ro-chunnartach so do'n anam, agus cha bu choir a bhualeachadh an diomhanas.

Ach, do bhri nach 'eil am air bith an aois na h-òige cho cunnartach ris a cheud uair a ghabhas sinn an comunach, 's eigin domh gach neach og a chur air am faicill cia mar a ghnathraigheas iad e ; tha 'n t-anam, mar gum b'ann, eadar dol fodha agus fuireach an uachdar ; ma gnathraigheas gu math e, tha 'n t-anam sona gu brath ; oir is am sonruicht e gu gabhail ri Chriosd, agus gu eolas fhaghail air ; ach mar gnathraigheas gu math e, 's bitheanta nach gabh an calldach leasachadh ; oir tha moran, le'n tighinn gu neo-chùramach air an aghaidh chum a bhùird naomh so an toiseach, a' brosnuchadh Dhe gu bitheanta gu am bualadh le plaigibh cridhe, mar a tha neo-thogarraichead, cion durachd, agus le spiorad neo-churamach ann am feitheamh air orduigh re a chuid eile d'am beatha. Am feadh a bha daoin eile, leis an deachaidh comhnadh a dheanamh chum an obair roi-ullachaiddh a stiuradh le curam agus saothair, a' mothachadh o'm fiosrachadh taitneach fein, gum b'e am an leughaidh, an eisdeachd, an urnuigh, agus labhairt r'an cridhe fein, an t-am air n' do thoisich Dia air obair ghrasmhor oibreachadh anna, agus drughadh slainteil a dheanamh air an annaibh ; agus do mhoran, b'e an t-am 's an d'rinn iad ceangal-posaidh ri Chriosd, 'n uair a fhuair iad fios air maitheaneas 'n am peacaidh, agus dearbh-chinne ri gradh Dhe, air an do ghleidh iad cuimhne sholasach fad uile

laithean am beatha ; agus 's minic a bha e ro fheumail doibh an am teinn, no air leabaidh am bais.

Beachdaichibh gu math, ma ta, air 'ur giulan's an am so ; oir 's ann a nis a tha sibh ri coi-cheangal 'ur baistidh ath-nuadhachadh, agus air bhi 'n 'ur Crioduidh le 'r saor-thoil fein, Tha sibh a nis ri inndrinn ri bhi 'n ar lan bhuill do'n eaglais, agus g'ur gabhair a stigh gu lân cho-chomunn ris an eaglais, agus 'ri co-roinn a bhi agaibh do shochairean cloinne Dhe, a chaidh a nasgadh dhuibh ann am baisteadh. 'S ann a nis a tha sibh ri cloich steigh 'ur'n aitreabh spioradail a shuidheachadh, 's e sin, obair 'ur saoraidh ; agus m'ar bi sibh air 'ur faicill gu cladh-achadh domhain agus an steigh a leagadh ceart, cha bhi an aitreabh am feasd diongmhulta : Faicibh, ma ta, gun cladhach sibh domhain, le fein-ionracas a chulachadh, agus gach steigh mhealltach, gus an ruig sibh fadheoidh air a charraig Criod, agus air ionracas lan iomlan, a tha leoir chomasach air gach cudthrom is urrainn duibh a leagadh air iomchar, aon chuid a thaobh 'ur fireanachadh, 'ur naomhachadh, no 'ur glorachadh. A chionn gu bheil na h-urrad an earbsa ris a cheud cheum so, tha mor fheum agaibh air glaochadh ris an Tighearna, gu'r comhairleachadh agus gu'r stiuradh chum 's nach faigh sibh tuisleadh air an starsnuich.

Tha ioma comhnadh luachmhor air an solar dhuibh chum 'ur seoladh agus 'ur stiuradh anns a chuis-so ; ge d'a tha e na aobhar duilichinn, gu bheil moran aineolais a buanachadh am measg ua h-oigridh, air nadur agus ruin an ordugh naisgte so, air na grasan a tha ri bhi air an gnathachadh, agus air oibreachadh a chreidimh a tha feumail an am co-paireachadh, air an ulluchadh a tha iomchuidh m'an tig iad air an aghaidh, agus gu sonruichte obair fein-cheasnachaidh. Chum an t-aineolas so a leigheas, tha mi air mhodh iriosal a tairgs' an leabhair aithghear ceasnuiche so, a dh'fhaodas sibh a gheildheadh 'nar cuimhne, agus gu bbi ullamh gu freagairt a thoirt dhoibhsan a tha 's an am chunnartach so, toileach 'ur teagascg no comhnadh a dheanamh ruibh, mun tig sibh a cheud uair gu bord an Tighearna : Mar an ceudna, chuir mi sios cuid do cheistean sonruichte air son fein-cheasnachadh, a dh'fhaodas cuideach a dheanamh ruibh, a chuir deuchainn air cor 'ur n-anamaibh, agus air 'ur coir am fianuis De, air teachd chum a bhuid naomh so ; agus bu deonach leam gun deanadh sibh feum iomchuidh dhiubh m'an gabh sibh do dhanadas teachd air 'ur n-aghaidh. 'S furast an ni toil duine, no comhthar o mhinisteir fhaotainn, nach urrainn breith a thoirt oirbh o'n leth a stigh ; ach na bitibh toilichte leis a so, no le aon ni eile, gus am faigh sibh caileigin do theisteas o'ur coguis, agus barantas o mhaighstir na cuirme.

'Agus, airson gu bheil na h-urrad s' a chunnart aig an luchd og copairt nan ceud theachd air an aghaidh, tha e fiachaicht air ministeiribh, tuille saotheireach a ghabhail orrasan na air muinntir eile, a reir mar tha e air iarruidh leis an Ard Sheanadh, 1706, seis. 12, a tha mar a leanas, " Tha 'n t-Ard Sheanadh ag earalachadh air ministeirean eug-samhuil Eaglais na Rioghachd so, iad a chur deuchainn cho teann 's a dh'fhaodas iad orrasan a ghabhas iad a stigh gu Suipeir an Tighearna, gu h-araidh m'an d'thig iad a cheud uair ; agus gun teagaisg siad iad gu curamach, gu sonruichte mu choi cheangal nan gras agus nadur agus ruin an ordugh sin, mar nasgadh air ; agus earail theann a thoirt

oirre mu na ceangluichead fo 'm bheil iad le cumhnant am baistidh, agus brosnuichibh iad a chum ath-nuadhachadh." Agus 's e barail ioma deadh mhinisteir, gum bu choir do chaileigin do dh'ath-nuadhachadh follaiseach a dheanamh air a chumhnanta, cho math agus an uaigneas.

Ach a chum 's gun lean sinn seoladh an t-Seanaidh le muinntir m'an tig iad an tùs air an aghaidh, tha è feumail gun dean iad an rùn aithnichte do mhinisteirean, seachduin na dha roi'n chomunachadh, chum 's gum bi ùin' aca am feuchainn, an téagasg, ceangail am baistidh a shoilleireachadh dhoibh, agus an sparradh oirre.

Ma chi sinn gu bheil iad gun eolas, faodaidh sinn an comas agus an toil gu ionnsuchadh a dhearbhadh le ni eigin a chuir mar fhiachaibh orra a bhi ac' air am meoghair air cheann a leithid so do latha; mar tha, 1, An urrad so do cheistean fhaighinn air am meoghair a' leabhar aithghearr nan ceisd, no an leithide sin, agus an seadh fhoghlum: No, 2, Cuid do chaibdealaibh anns a Bhiobul a leughadh, gu h-àraidh iadsan a tha mu thimchioll fulangais Chriosd, agus òrduchadh dhoibh a bhi ullamh gu caileigin do chunntas a thoirt uime. No, 3, Earrann shonruichte do leabhar eigin eile, mun chomunach, agus iarruidh orra cail-eigin do chunntas a thoirt air. No, 4, Earalachadh dhoibh an aire chùramach a thoirt do'n cheud searmoin a chluinneadh iad, agus innse ni 's cuimhne leo dhith. No, 5, Iarruidh orra iad fein irioslachadh, agus ùrnuigh dhiomhair a dheanamh gu minic 's an am so; agus a bhi deas aig an ath-chòdhail, gu innseadh ciod na peacaidh mun robh iad ri bron, agus cuideachd, ciod na nithe a bha iad ag iarruidh nan ùrnuigh, le rùn teachd gu bord an Tighearna a bhi nam beachd. 'S a chum deuchainn shonruicht a chuir orra, bitidh è feumail iad a thighinn gu tric d'ar n-iomsuidh: Agus tha è iomchuidh gun cuireamaid ar comhairle ris na fairbhigh, mu'n giulan agus an caithe-beatha, man d'theid sinn fad air ar an aghaidh leo.

Agus m'an timchioll-san a tha caileigin do chionfath againn a bhi toilichte le'n eolas agus le'n giulan, tha è feumail, 's an dara h-aite, an ceasnuchadh an uaigneas, agus fheoruich dhiubh, ciod am mothachadh a tha aca mu dhiadh'achd air an anam? Ciad a bharail a tha aca mu'n staid a thaobh nàduir, agus air olc a pheacaidh? Ciad na smuainte a tha aca mu Chriosd? Ciad ris an robh iad air son an anma an uaigneas le ùrnuigh, le leughadh, le beachd-smuainteachadh, no le fein-cheasnu-chadh? Ciad an drùghadh a rinn searmoinean air an cridheachan? Ciad an sealladh a thug Dia dhoibh air a pheacadh, no mu Chriosd? Ciad an tioma no a chaomhalachd cridhe a mhothaich ian 'an ùrnuigh, no 'an aimheil am peacaidh? Ciad a cheart ni tha 'nan aire no 'nan rùn an iarruidh comas teachd a chum an ordugh naomh so? Agus ciad na nithe m'an robh iad ri bron, agus a' guidhe air an son, le é bhi nam beachd? Agus a chum am brosnuchadh, 'sa dh'fhaotuinn an tuille dearbhaidh dhiubh, cha bhi e mi-iomchuidh sinn a dheanamh ùrnuigh leo, agus a thoirt orra-san ùrnuigh a dheanamh 'nar lathair-ne. Agus, mar an ceudna, bu choir dhuinn an dian sheoladh mu nadur agus feumalachd na h-athghineamhuinn, agus mu chreideamh an Iosa Chriosd; agus nadur coi-cheangal nan gras a mhineachadh dhoibh gu soilleir, agus na ceangail fo bheil iad gu gabhail ris cheana, a thaobh am baistidh. Tha gach earrann agus cumhnant a tha ann an coi-cheangal nan gras, a tha feumail do luchd comanaich a ghabhail agus teachd fo cheangal

d'an taobh, air an soillearachadh anns an riaghait a tha air a chur sios aig deireadh an Leabhair so, chum ar ceangail a thaobh ar baistidh athnuadhachadh: agus anns an eisempleir gu coi-cheangal pearsona a dheanamh, agus tha dochus agam gun toir muinntir og agus daoin' eile an aire shonruichte dhoibh,

An deigh dhuinn am faotuinn an cail iomchuidh air son comharran comunachaидh a thoirt doibh, bhiodh e ro-fheumail dhoibh an toirt am follais, air a chuid bu lughadh, an lathair nam fairbheach, agus a thoirt orra an creideamh aidmheil, agus coi cheangal am baistidh, leis an Trionaid ghlormhor aideachadh, a' cuir cul r'a naimhdean, agus g'an toirt fein thairis do'n Triuir 'an Aon, Agus fos a nochda gun do ghabh iad ri Criosd na uile dhreuchdan, agus gan ceangal fein gu uile dbleasnus a Chriosduidh a choi-lionadh. Shoilleirich mi an t-iomlan dheth so, anns an riaghait roi-ainmichte; agus, le fior ùmhachd, dh'earalaichainn air ministeirean agus air an luchd eisdeachd mor aireadh a thoirt doibh.

An deigh dhoibh sin freagradh iomchuidh a thoirt air na ceistean a chuireadh orra, aontachadh le coi-cheangal am baistidh, a chaidh a shoilleireachadh agus a mhineachadh dhoibh; agus gun do ghabh iad os laimh, an cumhnant urachadh 'an uaigneas ri Dia nam pearsa fein, fo na ceangail sin, mu'n tig iad a dh'ionnsaith a bhuidh; tha e iomchuidh na comharran a thoirt doibh, a'g innse dhoibh gu bheil iad a nis air an gabhail a stigh chum staid agus sochairean buill iomlan na h-eaglais, agus gu cochromunn ris an eaglais; agus seoladh iomchuidh agus misneach a thoirt doibh air an àm so; a co-dhunadh an iomlain leis an t-sluagh og sin earbsa ri gras De, ann an ùrnuigh fhollaisich agus dhùrachdaich. Tha'n coisrigeadh follaiseach a bha gnathaicht am measg eglaisean Mhacedonia, air a mholadh leis am Abstol (c) *Ach thug siad iad fein air tùs do'n Tighearna, agus na dheigh sin dhuinne a reir toil Dè.* O! b'fhearr gum biodh an gnathachadh so air athbheothachadh agus air a thoirt an cleachda 'nar measg-ne! bhiodh e fior tharbhach 'an teagasc agus 'an co-dhaighneachadh gach ball do'n eaglais. Ciod na ceangail fo'n d'thugadh e iad gu naomhachd beatha a ghnathachadh, chum an inntinn a thogail bharr an t-saoghail so, gu bhi 'n geall air cuideachadh Chriosdui'ean; agus gu a chéile a ghradhachadh, a bheothachadh a chomhairleachadh, agus a sheoladh? Cha'n aithne dhomh aon ni bu doch a mothachadh a thoirt do dhaoine air an daimh fa leith da cheile mar bhuill do'n eaglais, gus a bheil sinn cho tric air ar n-earaluchadh 's an Tiomna-Nuadh, ris a ghnathachadh so, agus cha mhor nach 'eil e air a dhearmad am measg eglaisean Criosduidh. Tha dearbh-bheachd agam gu bheil dearmad a chleachdai so air deanamh mor chall do dhiadh'achd, le cuideachadh ri misneach a thoirt do dh'aidmheil a reir riaghait agus do leisg, seadh, agus gu gluasad mi-iomchuidh air ioma doigh, agus gu iomadh mi-ghnathachadh, a dh'fhaoidte bhacadh nam biodh a chuis air atharrachadh.

Tha fios agam gu bheil an gnathachadh so air cùmhnhant a bhaistidh ath-nuadhachadh 'an uaigneas, air a chleachda le ioma ministeir; agus rinn cuid e ni 's follaisiche, le mor eifeachd. Bha mi fiosrach gun robh an doigh agus an gnathachadh so taitneach le Dia, air do mhor chaomh-

alachd agus ioma deur aig an t-shluagh og, a bhi na cho-lorg, agus iad a' brosnuchadh a cheile gu bron tiombaidh, a rinn mor dhrughadh air an iomlan do na bha's an lathair. Agus cha'n eil teagamh air bith agam, nach robh a shamhuil sin do dh' am na chionfath sonadh do dh' ioma neach, air iad fein a cheangal ris an Tighearn Iosa, air son an tabhair iad buidheachas do Dhia air a shon, cha'n e a mhain am feadh a bhios iad 's a bheatha so, ach trid siorruidheachd.

Bhiodh e na chuis ro-ion-mhiannuichte nan gabhadh an t-Ard Sheanadh gu'n comhairl e, agus gum moladh iad a gnathachadh gu coitchionn air feadh na h-eaglais; ni a dh'faodadb, trid beannachadh Dhe, a bli ro-fheumail a leigheas ar n-eucail spioradail, gar dlu-cheangal ri cheile, agus crabhadh durachdach agus cumhachd diadh'achd ath-bheothachadh nar measg.

'S e ni eile tha mi'g earalachadh san leabhar so, air muinntir og, chum's gun gabh iad an comunach air mhodh iomchuidh, agus gun gluais iad gu suaimhneach maille ri Dia; 's e sin, iad a dheanamh coicheangal diomhair eadar iad fein agus Dia, m'an d'thig iad air an aghaidh. 'S gnathachadh so a tha gu mor air a chliuthachadh agus air earalachadh le Gutrie, Gouge, Allein, agus le ioma neach eile. B'e so, cuideachd, an gnathachadh a bha o shean aig na naoimh a b'ainmeile bha aig Dia san tir so, agus ann an ionadaibh eile do'n Chrioedachd: Bha e na mheadhon air mor shìth agus aoibhneas a thoirt doibh an co-lorg creideimh, agus bha e na inneal air am beothachadh agus air fois a thoirt doibh tre dheuchainnean agus chunnairt eugsamhuil an turais tre'n fhasach so; agus bha cionfath aig ioma neach do luchd muinntir Dhe, air ainn a bheannachadh, air son an runachadh gu coicheangal trathail a dheanamh ri Dia: agus tha eagal orm gum faodar dol air ais crabhuidh r'ar linn fein a chuir as leth dearmad a dheanamh air a cleachda so.

Ach a chum's gun tuig sinn nadur na h-oibre so, agus ar barantas air a shon, ni's fearr, thugar fa'near na nithe so. Air tus, Gu bheil gach aon againn air deanamh cumhnant ri Dia, air aon doigh no doigh eile. Tha gach aon neach a tha sir a bhaisteadh air deanamh cumhnant ri Dia, le aidmheil fhollaisich agus le toirt suas o'n leth a muigh; agus rinn gach neach a thainig gu h-aois iomchuidh, a chreid gu firinneach an soisgeul, agus a ghabh ri Dia ann an Criod, cumhnanta ri Dia, cha'n e amhain o'n leth a muigh ach d'a rireadh; agus am measg na muinntir, sin, tha cuid diubh ga dheanamh gu h-eifeachdach, agus air barail dhaoin eile, agus tha cuid eile ga dheanamh a reir riaghailt gu soilleir. Tha iadsan a tha gu treibh-dhireach a' gabhail ri taigse an t-soisgeil, agus a'gabhl ri Dia ann an Criod, ni is e an Tighearn a roighneachadh mar an Dia, agus gan toirt fein suas da, a' deanamh cumhnanta gu h-eifeachdach ri Dia; agus tha aobhar againn a bharal-chadh gu bheil an staid-san tearuint a tha deanamh mar sin. Ach a bharr air sin, tha doigh riaghailteach agus shoilleir air cumhnant a dheanamh ri Dia, 'n uair a tha duine gu follaiseach ag ath-nuadhachadh a cheangail a thaobh a bhaistidh, agus a tha e air doigh shoilleir ga cheangal fein ris an Tighearn as ur, le bhoird fhollaisich no le a ghealladh: agus faodaidh sinn so a dheanamh air ioma doigh: an darna cuid, le gniomharra na h-inntinn o'n leth a stigh, agus le dol a mach an anma an deigh Dhe; no le cainnt beoil o'n leth a muigh;

no le a tharruing a mach ann an sgriobhadh, agus ar lamh sgriobhaidh a chur ris : agus mar dhearbhadh air ar creideamh, a soleireachadh ar coir air Criod, agus a chum ar cridheachan a dhaighnechadh agus a shocruchadh ni's mo do Dhia. Agus tha barantas gu leoír againn o fhocal De air an iomlan deth so : Oir, an uair a tha Isaiah a roi-innseadh iompachadh mor nam peacach a dh'ionnsuidh an Tighearna, a thachair an cuid, an am do na h-Iudhaich pilleadh o Ehabilon, agus ni's ro shonruichte leis na Cinnich a philleadh ris an Tighearna an am t-soisgeil, tha e cuir an giulain an ceil air a mhodh so : (d) *Their aon is leis an Tighearn mise ; agus ainmichear fear eile air ainm Iacoib ; agus sgriobhaidh fear eile le a laimh do'n Tighearna.* 'Se sin, guu ath-nuadhaich iad uile gu suilbhearradh toileach an coi-cheangal ri Dia, cuid air an doigh so, agus cuid air doigh eile; cuid o'n leth a stigh, agus cuid eile ni's follaisiche; agus brosnuichidh cuid an darna h-aon an aon eile. Their cuid, *Is leis an Tighearna mise ;* 's e sin, Gum bi iad a mhain leis san, gu h-ionlan leis-san, agus leis-san gu siorruidh; bithidh e air son a bhuanachd, fheum, agus a chliu. Their muinntir eile, *Ainmichear mise air ainn Iacoib ;* 's e sin, gun d' theid iad maille ri poball De, gun ceangail siad iad fein ann an aidhneil chrabbach, agus gun gabh iad orra fein giulan agus suaicheantas teaghlaich Dhe. Cruinnichidh iad le cloinn De, agus giulainidh siad iad fein a chum am math agus an leas. Ach tha daoin' eil ann, *a sgriobhas le'n laimh do'n Tighearn ;* 's e sin, theid iad mu thimchioll a ghnothaich so gu ro-churamach follaiseach ; agus cuiridh iad an lamh ris, a chum a dhaigh-neachadh agus a dheanamh cinnteach, mar ni daoine nan gnothaichibh saoghalta; agus a chionn gu bheil daoin ann an cuisibh eile a' gabhair na h-urrad shaoithreach, an e nach gabh sinne e anns a chuis is ro-chudhromaiche, eadhon, an am sinn fein a thoirt suas do'n Tighearna ? An uair a thairneas sinn amach ann an sgriobhadh an ni a bhios sinn dol a dheanamh, 's a chuireas sinn 'ar lamhris, tha sinn a toirt fianuis gu bheil sinn gar gnathachadh fein anns a chuis so, le smaoineachadh, le deoin, agus le run-suidhichte. Tha sinn ullamh gus na ni sinn le cainnt beoil a dhi-chuimhneachadh, ach chumadh sgriobhadh 'n ar cuimhne cumhnant ar n-anma ri Dia. 'S ann air son an t-samhuil so do ghnothaichean cudthromach a sheol Dia do dhaoine innleachid luachmhor so an sgriobhaidh. Agus cha 'n 'eil aon neach a bheir le ro-dhurachd fa'near mor-luach an anma, uabhas siorruidheachd, agus mealltoireachd an cridheachan agus am meoghair fein, nach meas gu bheil so ro-fheumail. Chi sinn cho soilleir, phoncail, agus dhurachdach 'sa bha Maois, Iosua, agus Nehemiah na leithid so do chuis: an uair a bha 'n sluagh a' dol a dh' ath-nuadhachadh coi-cheangail ri Dia, thug iad fa'near a sgriobhadh agus a leughadh 'n eisteachd an t-sluaigh. Cho-aontaich an sluagh leis, a reir an seoladh-san ; agus chuir iad suas carraigh chlach mar chuimhneachan air na rinn iad (e). Bha iad cho fiosrach air di-chuimhn agus air mealltoireachd cridheachan dhaoine, 's gun do mheas iad so uile feumail chum a sparradh orra ; agus a chumail suas an fheum a bha 'nan tabhairt fein suas do'n Tighearna chum a sheirbhis. Agus cha ghabh iadsan aig a bheil suil ri onoir mi-thlachd ri daighneachadh a thoirt seachad ; agus cha mheas

iadsan a tha fiosrach air cealgoireachd an cridheachan fein neo-iom-chuidh an tabhairt seachad.

*Ceist.* Nach e cumhnant a dheanamh air mhodh pearsona an t-aon chuid 's a bhi creigsinn?

F. 'S e; ach amhain gu bheil coimeasga taitneach do dha' ithreachas agus do ghradh ann, nach 'eil creideamh slainteil uair air bith as eugmhais. 'S e creideamh gras mor na h-aonachd' a tha toirt Chriosd agus an anma co'lath; 's i an lamh a tha deanamh greim air coi-cheangal De, 's a tha g'ar toirt fo'n cheangal aige. Ciod e cumhnanta pearsona a dheanamh, ach creideamh slainteil a chuir gu dulán air doigh araidh, na gniomha eugsamhul, air mhodh durachdach agus soilleir; mar tha bhi gabhail, cuir air leth, co-chur, agus toirt suas. Ciod e creideamh, ach dol a "mach an anma a dh'ionnsuidh Dhe, trid an eadar-mheadhonair? agus ciod iad na dol a mach so, ach an t-anam a ghabhail ri Dia mar a Dhia, agus ga thoirt fein suas da? ni is e coi-cheangal pearsond' a dheanamh. Agus 's ann air a shon so, a tha creideamh air uairibh air a ainmeachadh, leis an Tighearn aideachadh gur h-e ar Dia-ne e (f), air uairibh, le geill a thoirt do'n Tighearna (g), agus sinn fein a thoirt suas do'n Tighearn (h). Air uairibh, le ceangal-posaidh a dheanamh ri Criosd (i), agus a bhi posda ri Criosd (j). Seadh, tha e air a ghairm, sinn fein a cheangal ris an Tighearn ann an coi-cheangal (k), agus coi-cheangal a dheanamh ri Dia (l). Air chor's gur e bhi creidsinn agus coi-cheangal a dheanamh an t-aon ni: tha mi ciallachadh creidsinn ann an seadh farsuing. Agus tha gne creidimh slainteil a ciallachadh coi-cheangal a dheanamh; oir cha'n e a mhain gu bheil ann co-aontachadh na tuigse ach mar an ceudna co-aontachadh na toil, gu gahhail ri taingse Dhe, chum slainte trid Chriosd. Tha ann lan toil an anma a dh' ionnsuidh Chriosd, cha'n e a mhain mar Shagart agus mar Shlanugh'ear, ach mar an ceudna mar Righ agus mar Uachdaran, ni anns an eigin ceangal an anma gu nuadh umhlachd a bhi.

*Ceist.* Cionnas a lan-thuigeas mi a chuis so? Tha air iarruidh orm air uairibh, coi-cheangal a dheanamh ri Dia, gun iomradh air bith air Criosd; air uairibh eile ri Criosd a mhain; agus, air uairibh eile, teachd a chum Dhe ann an Criosd?

F. Ge nach 'eil ainm Chriosd gach aon am air ainmeachadh anns na cuireachan a tha air an toirt duinn, gu coi-cheangal a dheanamh ri Dia, gidheadh tha e do ghna air a chialluchadh; oir tha chuis cho soiller's an sgriobtuir, 's gu bheil e air a bharalachadh gu bheil fios aig gach neach a tha fo shileadh an t-soisgeil, nach 'eil gnothach air bith r'a shocrachadh ri Dia, ach ann, leis, no trid Chriosd an t-Eadar-mheadhonair. Uaith sin, theirear gu bheil Dia reidh ruiñn ann an Criosd (m), gu bheil mor thlachd aig Athair ann an Criosd (n), 's gu bheil e gabhail ruinne ann an Criosd (o). Agus uaith so, tha e air iarruidh o'irn teachd a chum Dhe trid Chriosd (p), agus creidsinn ann an Dia trid Chriosd (q). C'ar son? A chionn gur h-e Criosd ar n-aon

(f) Deut. 26. 17. (g) 2 Eachd 30. 8. (h) 2 Cor. 8. 3.

(i) 2 Cor. 9. 2. (j) Rom. 8. 4. (k) Jer. 50. 5. (l) Salm 50. 5.

(m) 2 Cor. 5. 19. (n) Mat. 17. 5. (o) Eph. 1. 6.

(p) Eabh. 7. 25: (q) 1 Pead. 1 21.

Eadar-mheadhonair, agus mar an ceudna an Dia dhuin' an aon phearsadh, 's e a nis fear-ionaid Dhe dhuinne, agus an t-ait iomchuidh coinneamh eadar Dia agus sinne; agus 's ann annsan a mhain a dh-fheadas sinn Dia a choinneachadh. Tba ainm, nadur, agus iomlaineachd Dhe ann an Criosd; air chor 's an uair a tha sinn a' gabhail ri Criosd, tha sinn a' gabhail ri Dia ann-san: 'S e Criosd, mar gum b'ann, an lamh fhollaiseach a tha Dia a cumail a mach ri peacaich; agus 's i so an lamh a's eigin duinn a ghlacadh 'nar n-uile ghnothaiche agus roinn ri Dia; agus uime sin, 's ann a mhain ann, leis, no trid Chriosd a tha sinn ri gabhail ri Dia, mar ar Dia agus ar cuibhrionn.

*Ceist.* Am faod ar cumhuanta pearsonda, no coi-cheangal ar baistidh ath-nuadhachadh, bhi air a mheas gu cumhnant air bith eile a thoirt a stigh a bharr air coi-cheangal nan gras?

*Freag.* Cha 'n fhaod; oir cha 'n 'eil ann an sinn a dheanamh coi-cheangal ri Dia, ach ar co-aontachadh ri coi-cheangal nan gras, no innleachd ar saoraidh ann a tha air a thairgse dhuinn trid Chriosd, an t-Eadar-mheadhonair, nì is e creidsinn: ionnas nach faodar ar cumhnanta personda a bhi air a mheas na chumhnanta a tha 'g eadar-dhealachadh o choi-cheangal nan gras, ni 's mo na sinn a chreidsinn. 'S e ni is coireach ris na mearachdan, am mughadh baralach a tha aig cuid mu choi-cheangal nan gras; oir theagamh gu bheil iadsan a mhain ga thuigsinn mu ghealladh grasmhor Dhe dhuinn ann an Criosd, agus gun amharus tha e air a ghabhail 's an t-seadh sin air uairibh 's an sgriobtuir (*r*). Ach tha coi-cheangal gu bitheant air a ghabhail ann an seadh farsuing, air son an iomlain do dh' innleachd ar saoraidh trid Iosa Criosd; agus an sin tha e 'gabhail a stigh uile dhleasnis na h-aitim a rinn coi-cheangal ri Dia, cho math ri geallaine Dhe dhoibhsan (*s*). Chunnaic Dia iomchuidh lagh nam modhanna a ghabhail a stigh do choi-cheangal nan gras, mar riaghait beatha do gach neach a thig a steach ann, 's a gheibh co-pairt d'a gheallana; ge do tha mi, 'sa cheart am, ag aideachadh gu bheil neart gu umhlachd a thoirt do'n lagh so, na bheannachadh air a ghealladh ann an coi-cheangal nan gras, cho saor ri aon bheannachadh eile a tha ann. Nis, an uair a tha sinn a' co-aontachadh le coi-cheangal nan grás, na gabhail greim dheth, cha 'n e mhain gur eigin duinn gabhail ri geallaidh air maitheanas agus saoradh trid Chriosd, a tha air an tairgse ann, ach 's eigin duinn mar an ceudna co-aontachadh ris na dleasnis a tha air iarruidh ora-san a tha ann an cumhnant ri Dia, agus a ghabhail os laimh an deanamh: 's eigin duinn gabhail ri Criosd mar Uachdaran cho math agus mar Fhearsaoraidh: agus tha Dia a' deonachadh an toil so againn a ghabhail mar choi-cheangal air a dheanamh ris, agus tha e toilichte leis (*t*), ni a dh' fhaodar a ghabhail mar dhearbhadh air a mhaiteas iongantach agus air a mhór aontachadh, gum biodh na h-urrad mheas agus uram aige air ar fann oirp'-ne. oir, faodar a radh gur h-e Dia a tha deanamh a choi-cheangail agus nach sinne, a chionn gur esan a tha ga dhealbh, agus a tha trid a shaor ghrais, gar deanamh-ne comasach air aontachadh leis a choi-cheangal, agus gu earrann air bith dheth a dheanamh. Agus leis mar is gras an t-iomlan do'n choi-cheangal so, 's eigin duinn a bhi cinnteach gun cuirear cliu ar saoruidh as leth gras Dhe ann an

(*r*) Salm 115. 5. Eph. 2. 12.

(*s*) Salm 78. 35- Eabh. 8. 10.

(*t*) Salm 50. 5. Jerm. 34. 18. and 50. 5.

Criosd; agus uime sin 's fheudar dhuinn an aire thoirt nach iad na dleasnus ris a bheil sinn g'ar ceangal, no eadhon creideamh fein, an cumhnant air ar taobhne ris a bheil gealladh air maitheanas agus saoradh ceangailte : Oir, ge d' a tha iad sin air an iarruidh oirn agus gur eigin duinn an coi-lionadh, air chor 's as an eug'ais nach 'eil aon saoradh; gidheadh, 's eigin duinn a ghna, bhi cuimhneachail gur e a mhain umlachd agus dioladh, no ionracas Chriosd ar n-urras, is cumhnant air coi-cheangal nan gras, am fianuis De, air ar fir-eanachadh agus air ar saoradh; agus 's ann a mhain ris a so, mar an cumhnanta mor chliu-thoiltinneach, ris a bheil uile gheallaidh a choi-cheangail gu ceart ceangailte.

*Ceist.* Ciod an seadh ma ta anns a bheil creideamh, aithreachas, no nuadh umhlachd, air an iarruidh oirn anns a choi-cheangal so ?

*Freag.* Tha creideamh air iarruidh, mar am meadhon araidh chum coir a thoirt duinn air fireantachd an Urrais: agus tha aithreachas, gradh, agus nuadh umhlachd air an iarruidh mar dhearbhadh air a chreideamh so, agus mar fhianuis air ar taing do Dhia air son a shaor ghraidh dhuinn ann an Criosd; ach cha 'n 'eil iad air aon doigh, nan cumhnantan a cheannach trocair no beannachadh air bith.

Air dhomh mar so nadur dleasnus cumhnanta pearsond' a dheanamh a nochda, agus ar barandas a chum a dheanamh; a chionn nach 'eil ann ach oibreachadh gniomha eugsamhui a chreidimh air mhodh follaiseach agus soil-leir, ceadaichibh dhomh earalachadh air gach neach og, ann an neart Dhe, iad a thoirt oirp air an dleasnas, air a mhodh is riaghaithe agus is soilleire, cha 'n e a mhain le cainnt beoil, ach fos le sgriobhadh. Tha mi fiosrach gun do mhi-ghnathaich euid an cleachda so, le earbsadh an-danadh a dheanamh as ach cha bu choir dha sin a thoirt oirn cul a chur ri feum laghail a ghnothaich air son a bheil na h-urrad bharandais againn, agus o'n d' fhuair na naoimh na h-urrad do bhuanachd agus do sholas. Agus mar bu shoilleireadh a bha iad an deanamh a choi-cheangail, an earbsa ri neart an Urrais, is mo a bha do thoil-inntinn agus do sholas ac 'ann.

A nis, ma ta, a mhuinnitir og, air a bheil a run an comunach a ghabhail, ciod a tha sibh ag radh ris. Am bheil sibh deonach air a choi-cheangal so a dheanamh ri Dia, no nach 'eil? Nam biodh sibh fiosrach air an t-sochair agus air an t-solas a tha ann, cha bhiodh sibh leisg mu dheanamh: am bu mhath leibh coir a bhi agaibh air sochairean coi-cheangal gras De, agus 'ur coir air a dheanamh cinnteach? Tha e na inneal sonruicht air an da chuid a dheanamh, le bhi ag oirpeacha gu durachdach greim a ghabhail air a choi-cheangal air doigh cumhnant soilleir a dheanamh ri Dia. Agus cuimhnichibh, 'n uair tha mi toirt cuire dhuibh gu dheanamh, nach 'eil mi 'g iarruidh oirbh tighinn fo cheangal air bith a thuille na tha oirbh mar tha a thaóbh 'ur baistidh; oir cha 'n 'eil anns a chumhnant tha sibh ri dheanamh an drast, ach a cheart chumhnanta ris an d' aontaich sibh, a rinn 'ur paranda as 'ur leth: ach a mhain gu bheil sibh, a nis a co-dhaighneachadh le'r saor-thoil fein na rinn 'ur paranda as 'ur leth; agus gum bi sibh caileign ni 's soilleiréadh agus ni 's mionaidiche 's a cheangal fo'n tig sibh; agus ma chuireas sibh cul ri so a dheanamh, cha

bhi tairbhe air bith dhuibh nar baisteadh, ach 's ann a bhios e 'na fhanuis nar n-agaidh. Cuiribh ma ta 'ur lamh air 'ur cridhe, agus smaoinichibh ciod a ni sibh ; oir tha Dia fhathast a feitheamh oirbh, agus ag radh, *Deanaimh roghain an diugh co d'an toir sibh seirbhis* : *C'ar son a tha sibh a stad eadar dha bharail ? Thigibh cosmhuil ri Amasiah, a thug e fein gu toileach suas do'n Tighearna* (u). O ! a luchd og comunachaидh, teannadh 'ur cridhe ri leagh-adh, agus 'ur deoir ri sruthadh, air son cho fad 's a rinn sibh ar-amach, agus a bha sibh neo-thoileach air sibh fein a thoirt suas d'ar sealbhadaир ceart. Ma tha Criod a'teachd n'ur codhail a' sruthadh fola, 's iomchuidh dhuibh-se teachd na choinneamh le iomadh deur air son 'ur peacaidh. Ma tha sibh a teachd a nasgadh cumhnanta, seallaibh gun cuir sibh tur-chul r'a uille naimhde ; bristibh air ball an reite bha eadar sibh agus am peacadh, an diabhul, agus an saoghal, agus thigibh agus thugaibh sibh fein suas do'n Tighearna, eadar anam agus chorp ; agus deanaibh e air an doigh is durachdaiche agus is soilleireadh, agus bithibh cinnteach nach cuir e cul ribh, agus nach tilg e sibh a mach.

Ar bhur sonsa a tha eolach air an dleasnas so, a rinn coi-cheanagal mar so ri Dia roimhe, agus theagamh a rinn e le cailegin do riaghait agus do dhur-achd ; ceadaichibh dhomh 'ur n-earalachadh gun stad 'an so, ach sibh a rann-sachadh 's a dh'athnuadhachadh a choi-cheangail gu minic. Air libh gur e 'ur dleasnas'ur n-aithreachadh urachadh, agus c'ar son nach ath-nuadhaich sibh oibreachadh creidimh ri Dia ? 'Se sibh a bhi toirt sior oirp air a dheanamh a chuidicheadh gur creideamh a neartachadh, agus gu fianuis a thoirt air tairbhe na cuise ; oir mar is coir do Chriosduidh buanachadh ann an aithreachas a dheanamh, gus am bi fios aig am bheil e fior ; 's amhul is coir dha creidsinn agus creideamh a chuir chuige na gniomha eugsamhuiil ann an taitneachd, an co-chur, an culachadh, an gabhail, an cuir air leth, an toirt suas, agus an striochda, gus am bi fios aige gu bheil e da rireadh a' creidsinn. 'S e sibh a bhi toirt oirp gu minic air iad sin ath-nuadhaichadh air mhodh ollaiseach an doigh is fearr air sibh a dh' fhaotainn agus a ghleidheadh fraodh-arc air 'ur coir air Criod. Agus air son a chreid'ich a tha 'gearan air bhi 'g imeachd an dorchadas, agus a tha air a ro-churadh mu an-amharus mu thim-chioll a' chreidimh, agus mu thimchioll a' choir air Criod, cha'n aithne dhomh aon seol is fearr no an gnathachadh so. Dh' fhaodainn iomadh am a mholaigh a bhiodh freagarrach chum sibh fein a thoirt suas, agus a dh' ath-nuadhaichadh 'ur coicheangail ri Dia ; mar tha a bhi ann an cunnart no ann an teinn ro-mhor ; no 'n uair a bhitheas sibh ciontach do pheacadh no do chul-sleamhnachadh mor ; no 'n uair a thuiteas sibh ann an dorchadas no ann an ionagain shonruichte mu staid 'ur n-anma : tha e mar an ceudna ro iomchuidh air laithibh traisg, agus aig toiseach gach bliadh'n' uir, agus gu h-araidh m'an tig sibh a dh' ionnsuidh bord an Tighearna. Tha gach am dhiubh sin iomchuidh do phobull an Tighearna gu coi-cheangal a dheanamh ris. Mar chomhnadh ruibh anns a chuis chudthromaich so, chuir mi sios eisampleir aig deireadh an leabhair so, o' m faod sibh cungaидh coi-cheangail a dheanamh a

ghabhail an iasad ; agus faodaidh sibh a mhughadh, agus focail a ghnathachadh is fearr a fhreagras do pheacaidh, do dh' uireasbhuidh, do laigse agus do chor sonruichte bhur n-anmaibh. An uair a thairneas sibh a mach e, na bithibh ro ullamh gu dheanamh, ach leughaibh e thairis agus thairis, agus leigibh a chuis gu breith 'ur coguis mu thimchioll gach ni, mu'n cuir sibh 'ur lambh-sgriobhaidh ris, agus an uair a thuigeas sibh gu bheil sibh toileach agus suidhichte gus a dheanamh, an sin oirpitchibh a dheanamh leis an fhein-aicheadh agus an durachd is mo ; rachaibh air bhur gluine, agus leughaibh thairis a rithist e, a meoraieh air gach earrann fa leth dheth, ag amharc suas ri Dia ann an Criosd air son neart, mu'n aontaich agus mu'n abair sibh 'ur n-amen ris; agus an deigh dhuibh sin a dheanamh gabhaibh am peann, agus, mar gum b' ann am fianuis an De uile-leirsinnich, cuiribh 'ur lamh-agriobhaidh ris do'n Tighearna.

*Dundea, 1734.*

# LEABHAR CEASNACHAIDH

AN

## OG LUCHD COMUNACHAIDH.

*Mu thimchioll Staid Nàdurr'*  
*an Duine.*

*Ceist.* Ciod an staid's an robh  
thu air do bhreith?

*Freag.* Ann an staid bhròn-  
aich thruaigh, a dh' easbhuidh  
iomhaigh agus deagh-ghean Dè,  
a bh'aig' an duin' air thùs; agus  
le nàdur peacach, so-aom-  
aidh chum an ni a tha olc, agus  
do-lùbaidh chum an ni ata math,  
agus buailteach do chorruich  
Dhè, araon anns a bheatha so  
agus anns an ath-bheatha.

*C.* Cionnas a thachair e gun  
robh thu air do bhreith 'san  
staid so?

*F.* A chionn gun d' thainig  
mi o Adhamh ciontach, a thuit  
o shonus le cùmhnant a bhritse-  
ri Dia, agus tighinn fo'n phean-  
as a bha dligheach air a shon;  
leis an do chaill e an t-iomlan  
da ghràs agus neo-chomasach  
air e fein a thearnadh.

*C.* Am bheil an duine trid an  
leagaidh, air fhàgail gun dó-  
chus anns an staid thruagh so?

*F.* Cha 'n 'eil; tha cùngai-  
leighis luach'or air a sholar: Oir  
ged' a tha cheud chùmhnant  
air a bhriseadh, agus air a  
chur fa sgaoil, tha coi-cheangal  
nuadh ro-ordheirc air a dhealbh,  
seadh, air fhoillseachadh, agus  
air a thairgse do pheacaich  
chaillte.

*C.* Co iad na coi-cheangail  
a rinn Dia ris an duine?

*F.* Co-cheangal nan Gniomh,  
agus co-cheangal nan Gràs.

*C.* Co do'n dà cho-cheangal  
sin leis am faod thu bhi air do  
thearna?

*F.* Amháin le co-cheangal nan  
gràs, ris an goirear an co-chean-  
gal Nuadh.

*C.* Co e co-cheangal nan  
gniomh no nan oibre?

*F.* Is e cordadh Dhè ri  
Adhamh agus ri Eubh, far an  
do gheall e dhoibh beatha, air  
chùmhant 's gun tugadh iad  
ùmhlachd iomlan da lagh, agus  
bhagair e iad le bàs an co-lorg  
an eas-ùmhlachd.

*C.* C'ar son nach faod thu  
bli air do thearnadh le cùmh-  
nant nan oibre?

*F.* A chionn nach urra dhomh  
an cùmlnant a cho-lionadh, no  
am peanas a bha'n lorg a bhriste-  
adh a ghiùlan; 's e sin nach  
urra dhomh aon chuid ùmhl-  
achd iomlan a thoirt do lagh  
Dhè, no fhearg a tha dligheach  
air son a bhristeadh a ghiùlan.

*C.* Ciod e cùmhnant nan  
gràs leis a bheil thu gu bhi air  
do thearna?

*F.* 'S e 'n cùmlanta gràs-  
mhor e a rinn Dia ri peacaich  
thught' an Criod, anns a bheil  
e deonachadh gu tròcaireach  
slaint a thairgs' agus a gheall-

tinn do dh' uile pheacaich bhoch-da do shliochd Adhaimh, a chreideas'n a Mhac Iosa Criosd.

C. Co iad sin a tha gu firinneach a creidsinn ann?

F. 'S iad sin, iadsan a tha mothachail air an staid chaillette, a tha toileach gabhail ri Criosd mar an Urras agus an Slanui-fhear, agus a bli'n earbsa r'a fhireantachd agus r'a dhioladh ceartas diadhaidh, mar an t-aon stèigh chum am firenachadh 'an làthair Dhè; 's a tha cur rompa 'na neart-san, an creideamh a nochdadhl le gràdh dùrachdach agus ùmlachd do Dhia.

C. C'ar son a theirear cùmhnan nan gràs ris a chòmhnan nuadh so?

F. Chum eadar-dhealachadh o chòmhnanata nan oibre; far am b'e caileigin a bha'u duine r'a dheanamh, bu stèigh firinneachaidh dha; am feadh is e is stèigh firinneachaidh dha ann san nuadh chòmhnanata so, ni eigin a tha Urras r'a dheanamh air a shon: agus fòs a chionn gu bheil an t-Urras fein, agus uile shocairean a chòmhnanante, nan saor thiodhlaca ghràsmhoir, ata air am bùileachadh air creutairean neo-aithridh mithoilltinneach, nach b' urrainn a bheag air bith a dheanamh chum am faotainn.

C. Cionnas a dh' fhaodas an cùmhnanata so bhi gu h-iomlan o ghràs, 'n uair tha creideamh air iarruidh oirn mar chòmhnan air còir a thoirt duinn air a shocairean; agus mar an ceudna, deadh oibre, chum ar creideamh a nochdadhl.

F. Ge d'a tha 'n dà ni sin air an iarruidh oirn, gidheadh tha'n gràs a chum a' chreidimh agus nan deadh oibre sin oibreachadh annan, air a ghealladh dhuinn anns a chòmhnanat so, cho saor ri aon bheannachadh a th'ann; air son am bheil e gnetric air a ràdh ris a chòmhnanat so 's an sgriobtura, tiomnadhl.

C. C'ar son a theirear Tiomnadhl ris a chòmhnanat so?

F. Air son gu bheil gach beannachadh agus gach sochair eile, a tha air an gealladh ann, air am buileachadh gu saor air na daoine taghta mar dhilib air fhàgail aca, 's air a dheanamh cinnteach dhoibh le bàs Iosa Criosd, an Tiomna'ear; agus fos tha gràs air fhagail ac' ann, chum gach dleasnas tha air iarruidh orra a cho-lionadh.

C. Ciod iad na dilibeann sònruicht' a th' anns an tiomna so?

F. Maitheanas peacaidh, saoradh o fheirg, sith ri Dia, uile ghràsan an Spioraid, agus buanachadh ann gus a' chrioich; tearuinteachd tre'n bhas, ais-eiridh chum beatha, agus gloir shiorruidh.

C. Cionnas a tha 'n cùmhnanat no an tiomna so air a dhaigh-neachadh agus air a dheanamh cinnteach dhuinne?

F. Le bàs agus ful Chriosd, an t-eadar-mheadhonair agus an Tiomna'ear; agus leis na comharran agus leis na seulan nasguidh o'n leth a muigh a dh'òruich e bhi air am frìthealadh dhuinn, le searmoinachadh an t-soisgeil.

*Nasgaidh a Choi-cheangail.*

C. Ciod na nasgaidh tha air cùmhanta nan gras?

F. An dà Shiàcramaíd, Baiste agus Suipeir an Tighearna.

C. Ciod a chrioch man d'òrduich Dia an nasga sin?

F. Gu bli na 'n comharrau naomha, cuimhlneachain, agus dearbhaídh air a thròcair dhuinn, trid Iosa air a cheusadh; a chionn gu'm b' easan an t-urras mòr agus an iobairt, ris a bheil e air òrduchadh dhuinn sior amharc air son maitheanas, gràs, agus glóir

C. C'ar sòn a theirear nasga cùmhanta nan gràs ri Baisteadh agus ri Suipeir an Tighearna?

F. Do bhri, mar chòraichean glaiste, gu bheil iad a' daigh-neachadh agus a' deanamh a chùmhainte dearbh-chinnteach dhuinne agus gach beannachadh tha air a ghealladh ann; agus gu sonruichte gu bheil Dia deonach ann, agus trid Chriosd, gu bhi na Dìa dhuinn, agus ar gabhail mar a shluagh.

C. Ciod e Baisteadh?

F. 'S ionnlad naomh no crathadh le h-uisg' e, an ainm an Athair, a Mhic, agus an Spioraid Naoimh.

C. Ciod a tha crathadh so an uisg' a' ciallachadh?

F. Glanadh ar n-anama o pheacadh, le fuil agus Spiorad Chriosd, agus sinn a dh' inn-drinn a steach a measg dheisciobuil agus luchd-leanmuinn Iosa Chriosd.

C. C'ar son a tha thu air do bhaisteadh an ainm an Athar?

F. Mar fhianuis air mi rogh-nachadh agus a dh' aideachadh Dhè an t-Athair, mar m' Athair, agus mar fhèar-dealbh inn-leachd an t-soisgeil chum daoin' a shàbhaladh trid Iosa Chriosd.

C. C'ar son a tha thu air do bhaisteadh an ainm a Mhic?

F. Mar chomharradh gun do roghnaich agus gun do ghabh mi ri Mac Dhè mar m' Fhearsaoraidh agus nuo Shlanui'ear, na uile dhreuchdan, mar Fhàidh, mar Shagart, agus mar Rígh.

C. C'ar son a theirear ar Slanui'ear ris?

F. Air son na laimh shonruicht a bh' aig anns an t-slainte ris a bheil fiughair againn; shearmonaich e dhuinn i, mar ar Fàidh mòr, fhuair e dhuinn i, mar ar n-ard-Shagart, agus bhuilich e oirn i mar ar Tighearna agus ar Rígh.

C. C'ar son a chaidh do bhaiste an aium an Spioraid Naoimh?

F. Mar fhianuis air mi dh' aidmheil agus a ghabhail ris an Spiorad Naomh mar m' Fhearnaomhachaidh, agus a tha co-chur na choisinn Chriosd rium, d'an dreuchd chreidimh slainteil agus gach gràs, oibreachadh anns na daoine taghta.

C. Ciod na ceangail fo 'n d'thainig thu le d'bhaisteadh?

F. An Trionaíd naomh a chreidsinn agus ùmhlaichd a thoirt doibh; agus cùl a chur ri trì naimhde mòr, an diabhul, an saoghal, agus an fheoil; agus mo bheatha a chaitheadh mar Chriosduidh, da rìreadh, a sior chuimhlneachadh an ainm leis a bheil mi air mo ghairm.

C. Cionnas is còir do Chriosd-uidh, no do neach a chaidh bhaisteadh, a bheatha a chaitheadh?

F. Mar neach a tha gu follaiseach air a choisrigeadh do'n chreidimh, agus do dh' ùmhachd do'n Trionaid naomh; agus gu h-àraidh, mar aon air ionnlad ann am ful an Uain, agus nach gabh os laimh e fein a thruailleadh le peacadh, ach a dh' oirpicheas a bheatha a chaitheadh mar chiaith Criod a bheatha.

C. Nach 'eil è fiachaicht ort do bhòidean baistidh athnuadhachadh, agus an gabhail ort fein?

F. Tha e: agus tha mi deanamh sin gu follaiseach, an uair a tha mi 'gabhail dara ceangal a chùmhaint, agus a co-paireachadh do Shuipeir an Tighearna.

C. Ciod an t-eadar-dhealadh a tha eadar Baiste agus Suipeir an Tighearna?

F. Cha 'n 'eil a cheud aon ri bhi air a fhrithealadh dhuinu ach aon nair, ach tha 'n dara aon gu bitheanta; tha a cheud ni a' ciallachadh ar breith spioradail, an dara ni ar lòn spioradail: 'S e baiste dorus tighe Chriosd, air an eigin duinn dol a steach; ach 'si Suipeir an Tighearn am bàrd aig an èigin do chloinn Chriosd am beathachadh agus neart fhaotainn.

C. Ciod an rùn mòr bu choir a bhi agad ann am frithealadh air, agus co-paire a ghabhail do a Sàcramainte sin?

F. Chum leis a sin gun nochd

mi mo spèis agus m'ùmhachd d'an ùghdar, agus gum faigh mi dearbh chinnté air a ghràdh agus air na choisinn e dhomh.

*Mu Shuipeir an Tighearna.*

C. Ciod i Suipeir an Tighearna?

F. 'Si aran itheadh agus fion òl air mhodh cràbhach, a reir òrdugh Chriosd, agus eisempleir, mar chuimhneachan air a bhàs agus air fhulangais air ar soinne.

C. C'uin a dh' òrduich Chriosd an t-Sàcramaid so?

F. Air a cheart oidhch' air an deach a bhrath, agus air ball an deigh dha Càisg nan Iudhach itheadh le dheisciobuil.

C. C'ar son a dh'òrduich e 's an àm sin i?

F. A nochda gun deachaidh a Chàisg a chur air cùl leis an òrdugh ùr so, agus gun d'thainig Suipeir an Tighearna na h-àite; agus fòs a chum am barrachd impidh a chur air a shluagh chum a coimhead agus frithealadh oirre.

C. C'ar son a tha 'n t-àm an d-òrduicheadh i a' cur na h-urrad impidh oirn chum a coimhead?

F. Air son gu bheil an àithne agus na seolanna thug e dhuin 'san àm sin, ri bhi air am meas mar earail dhurachdaich ar Slanui'ear a bha dola dheanamh barrachd air ar son 's a bha 'n saoghal uile comasach air a dheanamh.

C. An d' aithn' Chriosd an t-òrdugh so mar uallach air a shluagh?

F. Cha d' aithn idir; ach 's ann a dh' fhag se e mar shoch-air shonruichte agus mar dhilib luach'or do'n eaglais, air dhoibh fhaicinn mar chuimhneachan soilleir air a ghradh, mar chomh-arradh cinnteach air a theachd an dara h-uair, agus a chum na grasan uile a bheothachadh.

C. Ciod na duile no na comharran a tha air an òrduchadh 's an t-Sàcramaid so?

F. Aran agus fion.

C. Ciod a tha iad sin a nochdadh?

F. Corp agus fuil Chriosd, leis gach sochair agus gach beann-achadh a chosnadhl dhuinne leis.

C. Ciod a tha air a chiallachadh le bristeadh an arain, agus taosgadh a mach an fhiona?

F. Fulangais Chriosd uile: gu sònruichte bristeadh agus lotadh a chuirp air a chrann-cheusaidh, agus dortadh fhola, chum ar peacaidh a thoirt air falbh.

C. Ciod tha air a chiallachadh leis an aran blriste, agus an fhion thaoisgte a thoirt do'n luchd-comunachaiddh?

F. Tha gu bheil Dia gun teagamh a buileachadh, agus a toirt thairis Chriosd air a cheusadh, leis gach sochair a choisinn e do luchd co-part a tha creid-sinn.

C. Ciod iad na sochairean sin a tha air an toirt thairis, agus air an deanamh cinnteach dhuinne?

F. Tha maitheanas peacaidh, saoradh o fheirg, sith ri Dia, sith coguis, uchd-mhacachd do theaghlaich Dhè, fas ann an gràs, buanachadh ann, sochair-

ean agus trioblaidean air an naomhachadh, agus coir air a bheatha shiorruidh.

C. Ciod tha air a chiallachadh leis an luchd-comunaich a ghabhail an arain agus an fhion 'nan lamhan?

F. Tha, gu bheil iad a sineadh a mach lamh a' chreidimh a ghabhail ri Chriosd air a cheusadh, mar an Sianui'ear, 'na uile dhreachadan agus le uile shocair, mar tha e air a thairgse dhoibh 's an t-soisgeul.

C. Ciod an doigh air an còir Chriosd ceusda a ghabhail aig a bhòrd?

F. Le mòr irisleachd, le fein-aicheadh, le taingealachd, agus le dhreuchda agus ionnlaineachd a cho-chur gu dian dùrachdach ri feumalachd m'anma.

C. Ciod tha air a chiallachadh leis an luchd-comunachaiddh a dh' ith' an arain, agus a dh' ol an fhiona?

F. Tha, an dlu-dhàimh ath' aca ri Chriosd, gu bheil co-pairt aca do shocair a bhàis, an toil-inntinn mhòr a tha ac' ann, an neart spioradail agus a bheatha a tha iad a faghail uaith.

C. C'ar son bu chóir do luchd-comunachaiddh co-pairt a ghabhail do'n chupan, cho math agus do'n aran?

F. Mar an tuille daighneachaidh air an creidimh 's a chionn gun dubhaint Chriosd r'a dheisciobuil, *Oluibh uile dheth*.

C. C'ar son a rinn Chriosd roghain air aran agus fion, mar chomharradh air a chorpa agus air fhuil?

F. A nochdadadh am buaidh

chum luchd-comunaich a tha creidsinn, a bheothachadh agus a neartachadh; oir mar tha aran a' neartachadh cridhe duine, tha fion ga dheanamh subhach.

C. Ciod na briathran a ghnàthaich Criod 'n uair a dh'òrduich e 'n t-Sàcramaid?

F. Labhair e càileigin mu thimchioll a chupain, agus càileigin mu thimchioll an òrduigh uile.

C. Ciod a labhair e mu thim-choill an arain?

F. Thuirt e, *Gabhaibh, ithibh*; 's è so mo chorp tha air a bhriseadh air bhur sonsa; dean-aibh so, mar chuimhneachan ormsa.

C. Ciod a thuirt e mu'n iom-lan d'on t-Sàcramaid?

F. Thuirt e, co minic 's a dh-itheas sibh an t-aran so, agus a dh' òlas sibh an cupan so, tha sibh a foillseachadh báisan Tighearna gus an d' thig e

C. Am bheil co-pairt againn an so, air mhodh corporra, do chorp agus do dh'fhuil Criod?

F. Cha'n 'eil, ach a mhàin air mhodh spioradail:

C. Ciod ma ta is ciall do na focail sin, "Gabh, ith; 's e so mo chorp, tha air a bhristeadh air do shon?"

F. 'S e tha iad gu soilleir a' ciallachadh, gu bheil an t-aran air a bhristeadh a nochda corp Criod mar bha e air a bhristeadh agus air a bhruthadh air son a shluagh.

C. Nach 'eil Criod da rìreadh a làthair anns an t-Sàcramaid?

F. Tha e, ach gidheadh ch'an

'eil e air mhodh corporra, ach air mhodh spioradail, a làthair.

C. Cionnas a tha sinn a copairteachadh air mhodh spioradail do chorp briste Criod?

F. Tha sinn ga dheanamh an uair a tha co-pairt aig ar 'n anma do shochairibh agus do thoraibh a chuirp bhriste, mar tha fàs ann an gràs, comasteachd a dh' ionnsuidh Dhè, foillseachadh spioradail, fuasgladh chuibhricean, agus an leithide sin.

C. Cia fhad a bha rùn air Criod gum maireadh an t-Sàcramaid so?

F. Gus an tigeadh e a ris an dara h-uair.

C. C'ar son nach maireadh i ni b'fhaide?

F. Air son nach bi feum air Sàcramaid air neamh, a nochda Criod, do bhri gu bheil e do ghnà gu corporradh a làthair.

*Mu nàdur agus aobhar Suipeir an Tighearna.*

C. Ciod tuille an cunntas is urrainn duit a thoirt air nàdur agus aobhar na Sàcramaid so?

F. Tha e gu soilleir a' copairteachadh do nàdur nasgadh, no cuirm, agus mar an ceudna do bhòid.

C. Ciod a th' ann do nàdur nasgadh?

F. Theirear gu ceart nasgadh, coi-cheangal nan gras ris a chionn, mar choir naisgte air a chur 'nar laimh, gu bheil e a' deanamh thairis, a nasgadh, agus a daighneachadh dhuinn coir agus sealbh air uile shochairean agus thoraidh a choisinn

Criosd, a tha ann an sin air a ghealladh do na creid'ich.

*C.* Ciod a ghne nasgaidha th' anns an t-Sacramaid so?

*F.* Is nasgadh spioradail, agus ro-luachmhor e do bhri gur e Criosd a dhealbh agus a ghearr e, agus is e an sgriobhadh a th' air, *Criosd g'ar gràdhachadh*; agus's eis dealbh air, *Criosda' basachadh as'ar leth.*

*C.* Ciod a tha do ghne cuirm, anns an t-Sacramaid so?

*F.* Theirear gu ceart cuirm, ris, do bhri gu bheil e toirt seachad lòin, beathachadh, agus solas do dh' anmaibh an luchd-comunachaidh iomchuidh, na h-aoidhean a tha air an cuireadh.

*C.* Ciod an seorsa cuirm a th' ann?

*F.* 'S cuirm spioradail a th' ann, cuirm phòsaidh, cuirm air iobradh Mhic Dhe; cuirm a rinn Criosd, do ghne iongantaich, anns an e Criosd an da chuid maighstir agus beatha na cuirm, am fear-solair agus loin, am fear ith agus am biadh; *Oir is biadh gu firinneach m'fheoil, agus 's deoch gu firinneach m'fhuill.*

*C.* Ciod an seadh anns a bheil gne boid 's an t-Sacramaid so?

*F.* A thaobh an fhocail Sacramaid, mar tha e air a ghnàthachadh am measg nan Roimheach (o'n do ghabhdh an iasad e) air son mionnan airm, leis an do cheangailsiad iadfein, gu bhi nan saighdeara firinneach agus dileas d' an Ceann feadnaidh: agus tha sinne anns an ordugh so, ann an seadh a

mionnachadh do Righ neamh, o 's ceann corp briste agus ful dhoirte Mhic Dhe; agus tha sinn cuideachd g'ar ceangal fein gu bhi 'nar saighdearan firinneach agus dileas fo bhrataich Criosd, ar n-Ard cheann feadna anns a chomhraig spioradail.

*C.* Ciod na nithe sonruicht' a th' agad anns an amharc le teachd a chum an ordugh so?

*F.* A chumail suas cuimhn' air bas Criosd agus air fhulan-gais, a chumail co-chomum ris, a dh' ath-nuadhachadh coicheangal mo bhaistidh, a neart-achadh mo chreidimh, agus a bheothachadh mo ghráis.

*C.* Ciod na fulangais a dh' fhuiling Criosd a tha thu r'a chuimhneachadh aig a bhord?

*F.* Iad sin a th' air an cursios 'na fhocal,

*C.* Ciod air a' bheil cuimhn' agad diubh sin sa cheart àm so?

*F.* 'S cuimhne leam na h-oirpean agus na buaireannan a thug an diabhul air: am mas-ladh agus a gheur-leanmuinn a dh' fhuiling e o dhroch dhaoine fulangais anma agus a chruaidh-spairn annan gàradh Ghet-semane; an fhanoid aniochdmhor, na buillean, an coron sgithich, na seile, agus an sgiursadh a dh' fhuiling e an tigh an ard-shagairt, agus an ionad breitheanais Philait; agus sadheoidh, fhuolangais fhuilteach agus a bhàs cràiteach air sliabh Chalbhari, 'n uair a bha e air a thàirneadh ris a chrann-cheusaidh, air a dhìbearadh le chairdean a naimhdean a toirt beum dha, agus air a threigsinn le Dia.

C. Ciod a 'b aobhar do na fulangais sin?

F. Gràdh Chriosd, agus ar peacaidh-ne : air dha le shaor ghràdh iongantach, a ghabhail os laimh ceartas De a shasachadh as ar leth-ne, *Bha e air a leon air son ar ciontai, agus air a bhriùthadh air son ar n-aingeachd.*

C. Nach 'eil sinne, ma ta' fo'n cheangal is mo gu cuimhn' a chumail snas air na dh'fhuilting Criod as ar leth?

F. Gu cinnteach tha : oir tha ghràdh dhuinne, creatairean peacach, gun choimeas: air dha ar cuimhneachadh 'n ar staid iosail, agus tuille a dheanamh agus fhulang air ar son na bha 'n saoghal uile comasach air a dheanamh: agus mar, an ceudna gun tng e earail theann duinn, a measg a bhriathra deireannach, sinn a bhuanachadh ann an cumail cuimhn' air a bhàs.

C. Ciod am feum a tha againn air a chuimhneachan so; am bheil sinn an cunnart a ghràdh mor dhuinn a dhichuimhneacha?

F. Tha sinn; oir tha ar cridh-eachan cho saoghalta, ar n-inntinn cho mi-chreideach, ar meo-ghair cho meallta, agus tha ar n-aigne cho iomala, 's gu bheil sinn ullamh gu bhi air ar ribe le mealltaireachd an t-saoghail, 's gun leig sinn le Criod agus le mhòr ghradh dol as ar n aire.

C. Nach 'eil gnà chuimhne bhi theant' a chumail air fulangais Criod, anns an t-Sàcramaid ro fheumail agus tarbhach dhuinn?

F. Tha.

C. Ciod an seadh anns a bheil e feumail duinn?

F. Chumar peacaidh an mhuiinnachadh agus cur as doibh, gu cridhe cruaidh a mhaothachadh, gu buaidh a thoirt air buaireadh an droch spioraid, gu gràs a bheothachadh agus a mheudachadh, agus gu co-fhurtachd a thoirt duinn 'nar n-uite amghairibh.

C. Ciod a ghne chuimhne is coir dhuinn a bhi againn air fulangais agus air bas Criod aig a bhord?

F. Bu choir dha bhi na chuimhneachan caomhail agus creid'each, bronach, le suadh thoirt do'n pheacadh, agus gidheadh a bhi ait agus taing-eil air a shon.

C. Cionnas is urrainn duinn bron agus gairdeachas a dheanamh 's an aon àm?

F. Faodaidh sinn, air son aobhair fa leth: oir mar bu choir dhuinn bron a dheanamh air son ar peacaidh a leon Criod, 's a chuir gu bàs e: 'scoir dhuinn gairdeachas a dheanamh na mhaitheas iongantach, a ghabh os laimh a bhi na Urras agus na iobairt air ar son, chum ar saoradh o pheacadh agus o chorruich: agus air a mheud 's g'an dean sinn do bhròn, 's mo an cionsfàth a tha againn gu gairdeachas a dheanamh agus a bhi subhach ann.

C. Cia mar sin?

F. Air son gu bheil cridhe bronach air son peacaidh, na dheadh chomharradh gu bheil coir aig neach air Criod agus air na sochairean a cheannaiche e.

*Mu thimchioll luchd co-pairt iomchuidh agus neo-iomchuidh.*

**C.** Am bheil gach neach a ghabhas co-pairt do'n chuirn naomh so ri 'm meas 'nan aoidh-ean taitneach?

**F.** Cha 'n 'eil idir.

**C.** Co iad mà ta a tha mar sin?

**F.** Tha a mhàin na Creid'ich.

**C.** Co iad sin?

**F.** Tha iadsan a tha trid chreidimh, a co-aontachadh gu cridheil le cùmhnhanta nan gràs, a tha gu dùrachdach ag oir-peachadh urram a thoirt do Chriosd, aig a bhòrd, le bhàs a nochdad, agus le bhi gan ullachadh air a shon.

**C.** Co iad a mhuinntir a tha neo-iomchuidh?

**F.** Tha iadsan nach do ghabh riamh ri tairgs' an t-soisgeil, agus a tha dearmad ullachadh a dheanamh air son na cuirm so; agus gu h-àraidh iadsan a tha buanachadh 'an gràdh agus 'an co-bhoinn ris a pheacadh, am feadh a tha iad a' gabhail os laimh caoimhneas do Chriosd, agus ag ath-nuadhacha cùmhnhanta ris.

**C.** Ciod tha ri bhi air a thuiginn le aithridhead na muinntir a tha 'nan luchd-comunachaидh iomchuidh?

**F.** Cha 'n e aon aithridhead ann an seadh laghail; oir tha sinn uille neo-aithridh an là-thair Dhè air an trocair is lugha; ach a mhàin a bhi aithridh agus iomchuidh le ar n-anma a bhi ann am fonn agus an suidheachadh a reir an t-soisgeil, chum frithealadh air an òrdugh so.

**C.** Nach feud iadsan a tha nan creid'ich bhi ciontach do'n chomunachadh a ghabhail air mhodh neo-iomchuidh?

**F.** Faodaidh iad: ma ni iad dearmad air fein-cheasnachadh caidreamh a thoirt do pheacadh 's am bith le'm fios, no gràs a bhi a dh' easbhuidh oirre 'nan gnàthachadh.

**C.** Ciod e dleasnas co-pairt a ghabhail gu h-iomchuidh, agus ciod anns a' bheil e a' co-sheasamh?

**F.** Is e, ann am briathra aith-ghearr, ith agus ol aig bàrd Chriosd le cuimhne chreid'ach thaingeil air a ghràdh dhuinn, ag amharc air-san a lot sinn trid chreidimh, chum slaint' fhaotainn, agus ar n-anma fholach 'na lotaibh; a' deanamh bròn air son ar peacaidh, bu choireach r'a leon, agus a' cur gu dùrachdach romhainn, 'na neart fein, nach lot sinn tuileadh e.

**C.** Ciod a bhuanachd a tha anns a chomunach a ghabhail gu h-iomchuidh?

**F.** Tha dearbh-chinnt air maiteanas peacaidh trid ful Chriosd air a thoirt, neart a pheacaidh air a lughadacha, gràsan an Spioraid air an neart-achadh, euail an anma air an leigheas, amharus na h-inntinn àir an cur as an teagamh, agus sealla taitneach air Criod agus air gloir air am faotainn.

**C.** Ciod e peacadh a chomunach a ghabhail gu neo-iomchuidh, agus cia anns a bheil e 'a co-sheasamh?

**F.** 'Se sin a ghabhail gun

ullachadh iomchuidh roi-laimh,  
agus gun ruin cheart, no ith  
agus ol gun eolas freagarrach  
agus urramach; gun rèite ri  
Dia agus r'ar coimhearsnach;  
no gun na grasan slainteil a  
chleachdadh, mar tha creid-  
eamh, gràdh agus aithreachas:  
no, sinn a dhol air ar n-aghaidh  
am feadh a tha sinn a toirt caid-  
reainh do dh'aon pheaca le'r fios.

*C.* Ciod an cunnart a th' anns a chomunach a ghabhail gu neo-iomchuidh?

*F.* Leis a sin tha cionta cuirp  
agus fola Chriosd air a chur  
an gniomh, agus tha Dia gu mór  
air a bhrosnuchadh gu feirg;  
agus tha 'n neach ciontach a'  
tarruing a nuas air fein breith-  
eanas agus diteadh, mar bi e  
gu tràthail air a bhacadh le  
aithreachas agus le tràcair.

*C.* C'ar son a tha duin' a'  
gabhair a chomunaich gu neo-  
iomchuidh, air a chur gu h-  
aridh as leth, gun bhi dean-  
amhaithne air corp an Tighearn  
anns an t-Sàcramaid?

*F.* A chionn nach 'eil am  
fear-comunaich neo-aithridh a'  
toirt fainear, gu bheil an t-aran  
a tha'n so air a choisrigeadh  
gu follaiseach chum corp an  
Tighearn a chur an ceil, ach  
tha e ga ithe mar nach biodh  
ann ach aran cumanta: agus a  
chionn nach 'eil e a toirt urram  
iomchuidh do chorp Chriosd a  
chaidh' cheusadh, a tha ann an  
so air a nochdad, ach a bun-  
tannu ris mar nach biodh ann  
ach duinne, a mhàin, no neach  
eile.

*C.* Cionnas a chuireas sinn

cosgadh air a chiont' agus air a  
chunnart so?

*F.* Le innndrinn ann an coi-  
cheangal ri Dia, agus ullachadh  
iomchuidh a dheanamh nar  
caithe-beatha agus nar gniomh,  
chum teachd a dh' ionnsuidh a  
bhuidh naoimh-san.

*Mu thimchioll ullachadh gu  
teachd gu bòrd an Tighearna.*

*C.* Ciod am feum tha air na  
h-urrad ulluchaidh a dheanamh  
gu teachd chum Suipeir an  
Tighearna?

*F.* Do bhri gu bheil, mar  
tha sinn a teachd dlu do Dhia  
ann, ro-f hagus agus eagallach;  
agus tha Ughdar na Dhia  
naomh, eudimhor, agus a rann-  
suicheas an cridhe 's a ghair-  
neas sinn a chlisge gu cuntas:  
agus a chionn gu bheil fios  
againn gu bheil sochair inhor  
teachd air mhodh iomchuidh,  
agus cunnart a cheart cho mòr  
le teachd air mhòdh neo aith-  
ridh.

*C.* Ciod e ar n-ullachadh a  
thaobh cleachdai?

*F.* Le bhi ann an staid ghràs-  
mhoir.

*C.* Ciod an t-ullachadh gni-  
omhach a tha feumail chum  
sinn a thiginn gu bord an  
Tighearna?

*F.* Tha e gu sonrnight' a' co-  
sheasamh anns an dà ni so, sinn  
fein a cheasnachadh, agus ar  
grasan a dhusgadh suas.

*C.* Ciod an seorsa ceasnach-  
aidh a tha feumail, m'an gabh  
sinn an comunach?

*F.* Thaceasnachadh follaiseach  
le luchd-dreuchd na h-eaglais

feumail, chum 's nach bi bord an Tighearna air a mhi-ghnathachadh leis an ain-eolach agus leis a mhi-naomha, agus tha fein-cheasnachadh diomhair le 'r cogais fein feumail, chum 's nach gabhar Suipeir an Tighearna gu neo-aithridh, trid micreidimh, gun aithreachas, cion durachd, saoghaltachd, ardan, mi-run, no thaobh aon pheacadh diomhair a tha sinn a gleidheadh suas.

C. Ciod iad na nithe m' am feum sinn sinn fein a cheasnachadh, m' an tig sinn air ar n-aghaidh ?

F. Gu h-araidh m' an tri so a leanas, ar coir air Suipeir an Tighearna, ar feum oirre, agus a bheil sinn da rireadh iomchuidh air a son.

C. C'ar son mu thimchioll nan tri nithe sin ?

F. Tha, m'ar 'eil coir againn air, nach 'eil sinn ach ga ghabhail gu h-an-danadh as ar laimh fein ; mar 'eil sin a mothachadh feum againn air, cha dean sinn ach tāir air ; mar 'eil sinn iomchuidh air a shon, cha dean sinn ach a mhi-ghnathachadh, agus dochair a dheanamh dhuinn fein.

*Mu thimchioll ar còir air Suipeir an Tighearna.*

C. Ciod i a choir so air Suipeir an Tighearna ?

F. Tha i da-fhillte : 1, Tha coir fhollaiseach o 'n leth a muigh ann a thaobh na h-eaglais. 2, Tha coir neo-fhaicsinn each o 'n leth a stigh ann an lathair Dhe.

C. Co iad sin aig a bheil coir fhollaiseach o 'n leth a muigh air an ordugh so ?

F. Tha iadsan a tha air am baisteadh 's aig a bheil tomhas iomchuidh do dh' eolas Crioduidh, a tha 'g aidmheil an creidimh ann an Criod, 's a tha neo-lochdach 'nan caithe-beatha an lathair dhaoine.

C. Am bheil iad sin uile nan luchd-comunaich iomchuidh ?

F. Cha 'n 'eil ; ach tha na h-urrad do choir fhollaisich aca o'n leth a muigh an lathair na h-eaglais, 's nach gabh iad cumail air an ais ; oir 's ann a mhain air a choir so o 'n leth a muigh, a dh' fhaodas an eaglais breith a thoirt.

C. Co iad aig nach 'eil a choir so ?

F. Cha 'n eil i aig an aineolach, no aig a' mhi-naomha ; agus uime sin tha iad ri 'n cumail air an ais o bhord an Tighearna.

C. C'ar son a tha na h-aineolach ri chumail air an ais ?

F. Air son nach 'eil iad comasach air iad fein a cheasnachadh no aithne a dheanamh air corp an Tighearna ; agus leis a sin, nan tigeadh iad air an aghaidh, 's ann a dh' ithe agus a dh' oladh iad gu neo-iomchuidh.

C. C'ar son a tha am mnaomha ri chumail air ais ?

F. Do bhri nach faod iadsan a tha buanachadh ann am peadh, co-chomunn a chumail ri Dia ; 's ann a tha iad gan deanamh fein buailteach d'a bhreith-eanais, le iad a theachd chum

a bhuidh naomh le lamhan neoghlan.

C. Co iad sin aig a bheil a choir neo-fhaicinneach o'n leth a stigh air an ordugh naomh so?

F. Tha, iadsan, cha 'n e mhain aig a bheil eolas, admheil, agus giulan neo-lochdach; ach a tha da rireadh an taobh a stigh do'n choi-cheangal, le fior chreidimh ann an Iosa Criosd, eadhon creideamh a dh' oibricheas tre ghradh, agus a ghlanas an cridhe, cho math agus an giulan. Tha iad nan cridhe an lathair Dhe, mar tha daoine ga 'm faicinn o'n leth a muigh.

C. Co tha nam breitheanna air a choir so?

F. Cha'n urrain do'n eaglais breith a thoirt air a choir so o'n leth a stigh; ach 's coir do gach neach raunsachadh, ceasnachadh agus breith a thoirt air da thaobh fein.

C. Ciod an dearbhadh leis an tuig duine ma tha e da rireadh an taobh a stigh do'n nuadh choi-cheangal, agus a thuig sinn ma tha coir neo-fhaicinneach o'n leth a stigh aig' air an ordugh so ann am fianuis De?

F. M'as urrainn da a radh gum facadhl se e fein an cunnart dol am mugha am feadh a bha e'n earbsa ri cumhnanta nan oibre; 's gun do theich e uaith chum an nuadh choi-cheangail, a' gabhail gu taitneach r'a innleachd uile, agus ri Criosd, Eádar-mhíheadhonair 'n a uile dhreuchdan; agus ga thoirt fein suas chum bhi leis an Tighearn-

na, agus gu gluasad maille ris ann an nuadhachadh beatha: Agus gur e a thoil dhurachdach, gu'm bi e o'n leth a stigh cho math agus o'n leth a muigh a reir reachd agus iomhaigh Dhe. ☺ FAICIBH cuid do cheistean air an cur sios aig deireadh an leabhair so, a dh' fhaodas cuideach 'a dheanamh ruinn 'n ar ceasnachadh diomhair mu thiomchioll ar coir air teachd chum a' bhuidh naomh so.

*Rannsuchadh mu'n fheum ath' againn air Suipeir an Tighearna, agus air na nithe bu choir dhuinn iarruidh 'n uair a bhitheamaid aig a bhord.*

C. Ciod am feum a th' agad air Suipeir an Tighearna?

F. Tha feum agam air ioma doigh: 1, A thoirt Iosa air a cheusadh, gu h-urgu'm chuimhne. 2, A dh' ath-nuadhachadh boid mo bhaistidh, agus gu m' chuir fo cheangal teann gu bhi leis an Tighearna. 3, A bheathachadh agus a neartachadh mo ghras lag. 4, Gu m' neartachadh an aghaidh buaireadh an droch spioraid, agus gach aobhar mi-mhisnich. 5, A dh' ath-nuadhachadh mothachadh agus dearbh-chinnt air maithreas ann am pheaca 'tha gu minic fo an-amharus agus ar a dhorchachadh.

C. Ciod iad na nithe sin a tha toirt dubhar air dearbhadh air maithreas peacaidh?

F. Peacadh araon dearmaid agus deanadais; agus gu h-aráidh peacadh le fios?

C. C'ar son a rannsaicheadh tu mu d' uireasbhuidh mu'n tigeadh tu dh'ionnsuidh bord an Tighearna?

F. A chionn gu bheil Criod air a nochdadadh an sin le uile iomlaineachd, a shasachadh m' uile chliocrais spioradail; agus tha e feumail gum biodh beomhochadh agam air na nithe a tha dh' uireasbhuidh chum 's gum bi fios agam air an t-Slanui'fhear shaibhir so, 'n uair bhios mi aig a bhord.

C. Ciod iad na h-uireasin bu choir dhuit rannsachadh mu'n tig thu ghabhail a chomunachaidh?

F. Bu choir dhomh iad so a rannsachadh gu sonruichte, 1, Ciod na peacaidh is mo a tha dhi orm a cheannsachadh. 2, Ciod na grais is mo m' fheuni air an neartachadh? 3, Ciod na sochairean a b' fhearr leam bhi air am buileachadh orm? 4, Ciod na ceudfaithean anma is mo m' fheum air an naomhachadh? 5, Co do dhreuchda Chriod is mo tha dh' fheum agam bhi air an cur 'an gniomh ann am anam?

B. Cionnas a gheibh thu mach na peacanna is mo tha dh' fheum agad bhi air an ceannsachadh?

F. Se rannsachadh ciod am peacadh na 'n truailli'eachd is mo tha toirt buaidh orm, co dhiubh is e smuainte mi-chreideach, ardan, fearg, cruadhs-cridhe, saoghaltachd, smuainte-seachranach, cion durachd, cul-sleamhnachadh, no aon ni eile: agus 's fheudardhomh 'n gleidh-

eadh ann am bheachd, chum 's gun dean mi mo ghearan ri m' Shlanui'fhear aig a bhord, chum neart fhaotainn, a chathachadh 'nan aghaidh, agus a thoirt buaidh oirre.

C. Cionnas a bheir thu fainear na grasan is mo tha dh' fheum agad bhi air an neartachadh?

F. Le cheasnachadh co do na grasa is ro-laige annam, co dhiubh is e creideamh, dochus, gradh, macantas, irisleachd, no aon air bith eile: agus 's fheudar dhomh iad sin a thoirt a dh' ionnsuidh Chriod aig a bhord, gu'n árachadh, an neartachadh, agus am meudachadh.

C. Cionnas a gheibh thu mach na sochairearn is feumaile dhuit bhi air am buileachadh ort?

F. Lefhaicinn ciod an t-aobhar gearain is mo tha agam 's an am so; agus ciod na sochairean bu fhreagaraiche dhomh fo na gearain sin; m'as e an leithide so, dearbh-chinnt air maitheanas peacaidh, tograi'ibh spioradail, togarrai-chead ann an dleasnas, foighidin fo thrioblaid, giulan iomchuidh an cuisibh cunnartach, neart an aghaidh buairidh agus truailli'eachd, saorsa o smuaintean mi-chreid'each, no olc mu thimchioll Dhe, no an samhulin sin; agus na sochairean sin 's eigin domh an cuimhneachadh agus an iarruidh air Chriod aig a bhord.

C. Cionnas a dh' aithneas tu co do cheudfa'ean t-anma is mo feum air a naomhachadh?

**F.** Le thoirt fainear ciod an togradh no'n ceudfath is lugha tha air ath-nuadhachadh, agus is mo aig a bheil do dh' fheum air drughadh an Spioraid a thighinn air; m' as ann air mo thuigs' a leigheas a doille, agus ga soillseachadh le beachd slainteil a ghabhail air nithe spioradail; no m'as ann air mo thoil, gun leigheiseadh e a reagachd, agus gun deanadh e umhail i do thoil De; no m'as ann air mo mheoghair, gun leigheiseadh e a laigsinn, agus gun neartaicheadh e i chum focal De a chuimhneachadh; no air mo choguis, gun taislicheadh e a cruas, agus gun deanadh e maoth faicilleach i; no air mo thograidh, a leigheas am fionnaireachd, chum an deanamh ni's deothasaiche mu Chriosd agus mu nithe spioradail, agus an socrachadh air cuspairean ceart.

**C.** Cionnas a thuigeas tu co do dhreuchdan Chriosd is mo air a bheil do dh' fheum agad?

**F.** Le staid m' anma agus plraighean mo chridhe a thoirt fainear, ag radh, co dhiu is mo tha dh' fheum agam air Criosd mar Fhaidh, ga m' theagasc agus a leigheas m' aineolais? no mar Shagart, chum mo sgeadachadh le fhireantachd, agus gu eadar-ghuidhe dheanamh ri Dia as mo leth? no mar Righ, a cheannsachadh mo chridhe dha fein, agus gu buaidh a thoirt air mo thruailli'eachd o'n leth a stigh? Agus air dhomh mothachadh bhi agam air feum m' anma, 's eigin

domh dol a dh' ionnsuidh m' Fhir-shaoraidh aig a bhord, agus a radh, a Thighearna, thig agus cuir so no sud an gniomh a' m' anam.

**F.** *Tha ceasnachadh mu'r peacaidh feumail m'an gabh sinn an comunachadh.*

**C.** C'ar son is eigin duit rannsachadh co mion mu thimchioll do pheacaidh m'an gabh thu 'n comunach?

**F.** Air son iomad aobhar. 1, A dh' fhaicinn nach bi aon *Achan* a' gabhail comhnuidh agam a chuir bacadh air lathaireachd Dhe uam. 2, Le 'm faicinn, chum 's gur feaird a dh' fhaodas mi amharc air-san a lot mi, agus bron a dheanamh air a shon. 3, Chum 's gur feaird a leigeas mi fhaicinn do m' leigh mo leon agus mo dho-chunn, chum a leigheas. 4, Chum 's gum faic mi cho olc 's a tha iad le sealladh a ghabhail air fulangais Chriosd, agus leis an t-sealladh sin gu 'm brosnuicheadh mi gu fuath a thoirt doibh, agus pilleadh uapa a dh' ionnsuidh Dhe, agus gu gluasad maille ris ann an nuadhachd beatha.

**C.** Cionnas is coir dhuit an obair ullachaidh a stiuradh chum is gun rannsuich thu gu curamach mu thimchioll do pheacaidh?

**F.** 'S eigin domh am a chur air leth fa chomhair, agus m'an toisich mi air, a ghuidhe air Dia soillseachadh an Spioraid a bhuiteachadh orm, chum peacadh a nochdadhbh dhomh. 2, 'S

fheudar dhomh smaointeachadh air peacaidh mo chridhe agus mo bheatha; mo pheacaidh dearmaid agus deanadais; agus iad sin an da chuid, diomhair agus follaiseach, aineolais agus le fios, agus peacaidh mo dhreuchd agus mo ghiulain 's an t-saoghal. 3, Chum comhnadh dheanamh rium, leughaidh mi an leabhar mor Ceasnachaidh air na deich aitheante agus na ciontaidh a tha 'n sin air an ainmeachadh, le 'n antromachadh: agus rannsuichidh mi cho fhad 's a dh' fhaodar an cur as mo leth. 4, Cha sguir mi do rannsuchadh agus do smaoineachadh, gus am faic mi am feum anabarrach a tha agam air ful Uain Dhe a tha glanadh o gach seorsa peacaidh.

*Ceasnacha mu thimchioll sinn a bhi iomchuidh air son bord an Tighearna.*

*C.* Ciod e an iomchuidhead sin is coir do gach neach a bhi aca m'an gabhiad an comunach?

*F.* Tha e da fhillte, an da chuid cleachdach agus gniomhach; agus faodaidh gach aon ruigheachd air an da chuid.

*C.* Ciod e an iomchuidhead chleachdach so, no an t-ullachadh is eigin do gach fear co-pairt a bhi aige?

*F.* 'S fheudar dha bhi na chreid'each, ann an staid grasmhor, aig a bheil cleachdanna grais air an suidheachadh na anam.

*C.* Ciod e an iomchuidhead ghniomhach sin is eigin duit a bhi agad?

*F.* 'S e sin 'n uair tha duine, cha 'n e a mhain an staid grasmhor, ach ann an suidheachadh grasmhor; 'n uair a tha grasmhor cha 'n e mhain anns a chleachda; ach anns a ghnathachadh-bheothail.

*C.* Ciod iad na grasan sin a dh' fheumar a cheasnachadh, a blieothachadh, agus an toirt gu cleachda m' an co-pairtichear?

*F.* 'S iad gu h-araidh eolas, creideamh, aithreachas, gradh, irisleachd, taingealachd, ciocras spioradail, agus run-suidhichte chum nuadhl umhlachd.

*Ceasnacha mu thimchioll Eolais.*

*C.* Ciod e 'n t-eolas sin a dh' fheumas a bhi agad chum do dheanamh iomchuidh air co-pairteacha gu h-aithridh?

*F.* 'S e foillseachadh grasmhor, agus Dia agus firinnean diadhaidh a thuigsinn, mar tha iad air an cur an ceil na fhocal.

*C.* Ciod iad na nithe sin air am feum thu gu h-araidh, bhi eolach m' an co-pairtich thu air mhodh ceart?

*F.* 'S fheudar dhomh eolas iomchuidh a bhi agam air na cuig nithe so: 1, Mu Dhia, na iomalaineachda feumail, agus mu phearsai na Trionaid. 2, Mu dhuine, agus mu a staid, faraon roimh agus an deigh dha tuiteam. 3, Mu Chriosd, an t-Eadar-mheadhonair, na dha nadur, agus na dhreuchd thrifillte. 4, Mu 'n nuadh choicheangal, no doigh an t-soisgeil chuni fireanachadh, le fir-

eantachd an Urrais, air a ghabhail le creidimh. 5, Mu nasgadh a choi-cheangail so; agus gu h-araidh, mu 'n t-Suipeir naomha, 'na nadur, a ruin agus a feum.

*C.* Am bheil eolas foghluiinte air na nithe sin gu leoir do dh' fhearr comunachaид?

*F.* Cha 'n 'eil; 's fheudar dha bhi na eolas fior, naomh-aichte agus slainteil?

*C.* Cionnas a bheir sinn fainear ma tha ar n eolas naomh-aichte agus slainteil?

*F.* Faodaidh sinn aithneacha le bhuaidean agus le thora'ibh: mar. 1, Ma tha e teachd o fheim-fhiosrachadh, agus a' toirt air na firinnean is aithne dhuinn a bhi taitneach agus ro-bhlasda leinn. 2, Ma tha e 'g irisleachadh, agus a' toirt oirn, cos-mhuil ri Pol, amharc oirn fein mar an naomh is lugha, agus am peacach is mo. 3, Ma tha e 'g ar treorachadh a dh' ionn-snidi Chriosd agus fhireantachd, mar ar n-aon steigh dochais. 4, Ma tha e iun-phaireach, gniomhach, umhail, torrach, agus 'g ar brosnachadh gu mhiannachadh am barrachd coslais a bhi againn ri Chriosd ar Ceann-feadhna.

### *Ceasnachadh mu thimchioll creidimh.*

*C.* Ciod e fior chreideamh slainteil?

*F.* 'S e gras an Spioraid Naoimh e leis a bheil duine, air dha bhi fiosrach air a pheacadh is air a thruaigh, 's a gabhail ri fianuis De mu thimchioll

Chriosd, gu cridheil deonach a' gabhail ri Chriosd, agus r'a fhireantachd, 's a deanamh bun as, air son maitheanas agus slainte, a reir tairgse an t-soisgeil.

*C.* Ciod am feum tha air gnathachadh creidimh aig bord an Tighearna.

*F.* Tha e feumail, 1, Chum aithne a dheanamh air corp Chriosd, agus air na ruin diomh-air spioradail a tha 'n sin air an nochdadhbh, do bhri gur e creideamh an t-suil spioradail leis a bheil an t-anam a faicinn Chriosd, agus nithe neo-faicin-neach. 2, Chum Chriosd agus a shochairean a tha an so air an nochdadhbh, a cho-chur r'ar n-anma, do bhri gur e creideamh an lamh a dheanamh greim air Iosa ceusda, agus am beul agus an goile a tha air am beatachadh leis.

*C.* Cionnas a thuigeas sinn ma tha ar creideamh fior agus slainteil?

*F.* Tha na comharran so aig creideamh fior. 1, Tha e maothachadh a chridhe, agus ga dheanamh dubhach ro-bhronach air son peacaidh, a lot Chriosd. 2, Tha e toirt air an anaim tlachd a ghabhail ann an innleachd an t-soisgeil chum slainte, trid fireantachd Chriosd. 3, Tha e 'g oibreacha tre ghradh, agus a cur an anima thuige gu gradh a thoirt do Chriosd thairis air gach aon ni, agus a choi-liona gach dleanais o thoghradh graidh. 4, Tha e deanamh duine fior umhail agus paitl ann an deadh oibre. 5, Tha e togail a chridhe

o gach suaimhneas saoghalta,  
agus ga ghiulan gu tlachd a  
ghabhail ann an nithe neamh-  
uidh.

*Rannsacha mu Aithreachas.*

C. Ciod e 'm fior aithreach-  
as so is eigin do gach fear co'-  
pairt aithridh a bhi aige?

F. Is gras o'n Spiorad Naomh  
e, leis a bheil mothachadh a-  
gainn air olc a pheacaidh, 's a  
deanamh bron treibh-dhireach  
air a shon, 's a pilleadh uaith  
ri Dia, trid Chriosd, a' cuir  
romhainn seirbhis a thoirt da  
ann an nuadhachd beatha.

C. Ciod na h-earrannan a tha  
ann am fior aithreachas?

F. Tha gu sonruichte tri;  
Geur-mhothachadh, bron neo-  
chealgach, agus iompachadh.

C. Ciod e Geur-mhothachadh?

F. 'S e sin sealladh agus  
mothachadh ceart air olc agus  
truailli'eachd a pheacaidh.

C. Ciod e bron neo-chealg-  
gach?

F. 'S e sin fior-bhron diadh-  
uidh, agus doilgheas cridhe air  
son peacaidh, gu h-araidh air  
songu bheil Dia diom'ach dheth,  
agus gur e a lot Chriosd.

C. Ciod e iompachadh?

F. 'S e sin an t-anam a  
thiondadhl o gach peacadh, a dh'  
ionnsuidh Dhe ann an Chriosd,  
air son trocair agus maitheanais,  
agus a chum slighe na naomh-  
achd agus an nuadh-umhlachd.

C. Ciod am feum a tha air  
aithreachas agus air bròn diadh-  
uidh a ghnathachadh aig bord  
an Tighearna?

F. A chionn ann an sin, gu

bheil sinn ri cumhnant ath-  
nuadhachadh ri Dia: agus 's  
cinnteach gu gheil bron aith-  
reachail air son peacaidh agus  
cul-shleamhnachaidh a chaidh  
seachad ro-fhreagarrach 's an  
am so. Tha sinn ri Chriosd  
fhaicinn air a leon ar son ar  
peacaidh, agus gu ghabhail a  
stigh 'n ar cridheachan; agus  
cha 'n 'eil aon ni cho freagarr  
ach do Chriosd briste ri cridhe  
briste: agus 's e so a tha e  
gabhall a roghain air gach  
iobairt eile.

C. Cionnas a bhios fios ag-  
ainn ma tha ar n-aithreachas  
do'n t-seorsa cheart?

F. Faodaidh sinn a mheas gu  
bheil e ceart, ma, 1, Tha sinn  
a' cur na tuaighe ri freumh a  
pheacaidh, truailli'eachd a'  
chridhe agus an naduir, agus a  
gabhall fadail gu bhi air ar  
saoradh uaith. 2, Ma tha fuath  
sonruichte againn air gach  
peacadh, 's a cuir romhainn gun  
chaidreamh a thoirt do pheac-  
adh air bith le'r fios, aon chuid  
n'ar cridhe na n'ar caithe-bea-  
tha. 3, Ma tha sinn a' teich-  
eadh a dh' ionnsuidh ful Chriosd  
agus a spioraid, chum saorsadh  
fhaghail o thruailli'eachd agus  
ciont a' pheacaidh, agus a bhi  
'n ro-dheigh air naomhachd  
choitchionn.

*Rannsacha mu Ghradh.*

C. C'ar son a tha gradh cho  
feumail aig bord an Tighearna?

F. Ar son gur cuirm ghraidi  
a th' ann, anns a bheil an seall-  
adh air gradh diadhaidh do  
pheacaich air a thoirt duinn, is

mo a chaidh riamh a thoirt seachad, agus leis a sin tha e fiachaicht oirne gradh a ghnath-achadh ann.

C. Ciod a tha thu a' tuigsinn mu'n ghradh tha air iarruidh air luchd-comunaich, agus ciod na cuspairean d' an toirear e?

F. Is gras slainteil e, no tog-gradh spioradail a th' air oibreachadh ann an creid'ich leis an spiorad naomh, a tha socrachadh air cuspairean eag-samhuil; eadhon, air Dia, air Iosa Criod, air na braithre, agus air gach ni tha giulan ionmaigh Dhe; agus ann an seadh eigin air a chinne-daoine uile, eadhon air ar naimhde.

C. C'ar son a tha thu cur eadar-dhealach' eadar Dia agus Criod mar chuspairean do ghraidi?

F. Tha gradh agam air Iosa Criod mar tha e na Dhia, co-ionann ris na pearsa eile 's an Trionaid ghloirmhor; ach air dhomh fhaicinn gun do ghabh an dara pearsa air fein a bhi na Dhia-dhuine air ar soinne, na Eadar-mheadhonair, agus na iobairt mhoir air son ar peacaidh-ne; annsan t-seadh sc, tha mi ga mheas mar chuspairo shonruicht' air mo gradh.

C. Ciod na comharran leis am faod thu thuigsinn a bheil do ghradh do Dhia fior?

F. Leis na samhuil so; Mo churam chum a thoileachadh, m' eagal roimh fhearg a chuir air, modheigh air a lathareachd, mo mheas air a lagh, agus m' ionaguiu air son a ghloir,

C. Ciod na comharran leis

am faod thu do ghradh do Iosa Criod aithneachadh?

F. Leis na comharran roi-ainmichte; ris am faod mi a chur, gu bheil fior ghradh do Chriosd, fada os ceann aon speis is urrainn duinn a thoirt d' ar cairdean, no do dh' aon nisaoghalta; tha e socrachadh air na uile dhreuchdan, mar Righ air a chathair rioghail, cho math a 's Shagart air a chrann-ceusaidh; air a bheatha mar m' eis-empleir cho math 's air a bhas mar iomlaineachd graidh. Tha e cuideachd a' brosnachadh an anma gu bhi iomadh uair a-smaoineach air, agus gu amharc air agus a bhi fo fhadal air son a theachd an dara h-uair.

C. Cionnas a thuigeas sinn ma tha tuille gaoil againn air 's a th' againn air aon ni saoghalta?

F. Leis na comharran so a leanas; ma tha tuille meas againn air a dheadh-ghean na th' againn air gean-math aon neach air bith eile; ma tha call dealradh a ghnuis a cuir tuille mulaid oirn na tha aon chall-dach saoghalta; m'as fearr leinn mi-thlachd a chuir air na h-uile dhaoine na air-san; agus gu bheil e na aobhar mor-mhulaid leinn nach urra dhuinn tuille graidh a thoirt da.

C. Cia leis a thuigeas tu ma tha do ghradh do d' blraithe fior?

F. Leis na nithe so; Ma tha speis agam dhiu, cha 'n ann air son nithe saoghalta, ach air son nithe spioradail, a chionn gur iad clann Dhe iad, 's gu

bheil iad a' giulan iomhaigh; ma tha mo speis do na naoimh uile, bochd agus beartach, ann am meas agus fo mhi-mheas, coigrich agus cairdean: ma tha co-mhothachadh agam leo nan aoibhneas agus 'nam bron, 's ma tha mi roighneach an cuid-eachd th' air gach cuideachd eile.

**C.** Ciod an t-eadar-dhealachadh a tha eadar do ghradh do phobull De agus do'n chuid eile do'n chinne-daoine agus do d'naimhde?

**F.** Tha speis agam do'n chuid eile do dhaoine, agus eadhon do m' naimhde, le gradh fiughantach; oir 's math leam gu math iad, tha mi guidhe air an son, a' deanamh math dhoibh, 's a dioladh dhoibh math an eiric uilc, ach tha speis agam do shluagh Dhe, a tha dian, taitneach agus deothasach; agus tha meas agam orra mar dhaoine matha na talmhainn, cairdean Dhe, agus puist na tire.

#### *Mu Irisleachd.*

**C.** C'ar son tha gras na h-irisleachd cho feumail duit an am dol a dh' ionnsuidh bord an Tighearna?

**F.** Air son gu bheil mi a' m' chreutair ro neo-aithridh, agus tha an Tir is a bheil mo ghnothach na Dhia ro-mhor agus naomha; agus tha speis shonruicht' aige do 'n iriosal Osbarr, tha 'n gras so feumail chum mo dheanamh cosmuil ri m' Shlanguigh'ear, air a bheil mi gu cuimhn' a chumail air a ghradh; oir leis mar bha e

macanta agus ciuin na nadur, 's ann a dh' irioslaich se e fein gu sonruicht' air mo shon-sa.

**C.** Cionnas a bhios fios agad ma tha t-irisleachd ceart?

**F.** Leis iad so a 'leanas; 1, ma tha smuainte neo-luachinhor agus snarrach agam umam fein, fo mhothachadh air neo-aithridhead; agus ullamh gu radh leis a mhac stroghail, "Cha 'n aithridh mi tuille gun goirte do mac dhiom;" agus leis a mhnaoi do mhuinnitir Chanaain, "'S fior e, a Thighearn, "is mada mise." 2, Ma tha mi ni 's deigheil' gu mi fein a chur an teagamh, na gu cron fhaotainn do m' nabuidh\*, mar na h-aon-abstoil-deug aig an t-suip-eir. 3, Ma tha duilichinn orm air son an uabhair, agus an fhein-speis a tha 'n taobh a stigh dhiom. 4, Ma tha mi cuir cul ris gach fiuthair a bh' agam o m' dhleasnuis fein agus ga m' earbsa fein gu h-iomlan ri Criod air son fireantachd agus taitneachd.

#### *Mu thaingealachd.*

**C.** C'ar son a tha taingealachd cho feumail chum an com-unach a ghabhail gu h-aithridh?

**F.** Air son gur e priomh run an ordugh cuimhne thaingeil a chumail suas air gradh an Fhir-shaoraidh; agus a thoirt buidheachais do Dhia air son a thiodhlaca do-labhairt ann an Criod: Agus uaith so, theirear buidheachas ris.

**C.** Cionnas a bheir thu fain-

\* Choirsnach.

ear ma tha do thaing do 'n t-seorsa cheart?

F. Leis na comharran so ; 1, Ma tha mi ga m' mheas fein neo-aithridh air an trocair is lughá, agus measail air maithseas neo-thioilltinneach Dhe. 2, Ma tha mi meas Chriosd mar an trocair is ro-luachmhoire, agus sruth-chlais gach sochair eile. 3, Ma tha gradh treibh-dhireach agam do m' charaid is fearr, agus ag oirpeachadh a thoil a dheanamh. 4, Ma tha mi gu tric a meoraich cionnas a chuireas mi 'n ceil mo thaing dha, ag radh, le Daibhi, "Ciod a dh' iocas mi do Dhia air son uile thiodhlaca agus a shocairean do m' thaobh?"

C. Ach ciod is urrainn duit, na a bluineadh dhuit iocadh air son Iosa air a cheusadh?

F. Ge nach 'eil anns gach ni a th' agam ach neo-ni an coimeas ris na sochairean a tha mi faighinn, gidheadh bu choir dhomh bhi toileach iocadh do'n Tighearna ; mar tha, 1, Mo thograi'ean ionmhuinn. 2, Mo bhuidheachais ard-labhrach. 3, M' aithreachas neo-chealgach, agus m' ath-leasachadh. 4, Mo bhoidean a cho-liona gu firinneach. 5, M' eudmhoireachd air son a ghloir. 6, Mo run-suidhichte cridheil gu fulang air son Chriosd, a dh' fhuiling cho toileach as mo leth-sa.

#### *Mu chiocras Spioradail.*

C. C'ar son a tha ciocras spioradail cho feumail 's an am so?

F. Air son nach bi meas aca-

san air nach 'eil ciocras air cuirm ; agus 's iad na h-acraich agus na tartimhoir a gheall Dia a shasachadh le nithe matha.

C. Cionnas a bhios fios agad ma tha do chiocras no do thograidi spioradail do 'n t-seorsa cheart?

F. Leis na comharran so ; 1, Ma tha aiteas orm ri cluinn-tinn mu chuirm Chriosd, agus air son cuireadh fhaotainn d' a h-ionnsuidh. 2, Ma tha mi meas a chostais, 's gu bheil mi toileach air gach saothair a dheanamh a dh' fhaotainn loin do m' anam ; 's e sin, urnuigh a dheanamh, ceasnachadh a dheanamh, mi fein irioslachadh, agus cul a chur ris na peacaidh is annsa leam. 4, Ma mheas-as mi an lon so ro mhilis agus taitneach do bhlas m' anma.

#### *Mu run-suidhichte chum Nuadh Umhlachd.*

C. C'ar son a theirear nuadh umhlachd ri umhlachd na 'n Creid'each?

F. 1, A chionn gu bheil e sruthadh o ruin nuadh, creidimh agus graidh. 2, Tha e air a chuir an gniomh air mhodh ur, 's e sin, tre chreidimh ga thaice ri neart Chriosd chum a chomhnadh gu dheanamh, agus ri fireantachd Chriosd chum gabhail ris gu taitneach le Dia. 3, Tha e air a dheanamh air son aobhair ur ; chia 'n ann a chuir a bhuanachd shaoghalta fein air aghaidh, ach a thoileachadh Dhe, 's a chur air aghaidh a ghloir.

C. Cionnas a bhios fios agad

ma tha do run-suidhichte 'gu  
nuadh-umhlachd do'n t-seorsa  
cheart?

F. Leis na comharran so; 1, Ma tha mi cunndas a chos-tuis, agus faicilleach 'n an deanamh. 2, Ma tha iad iomlan, gun soradh air leannan peacaidh. 3, Ma tha mi 'g an deanamh fo throm-mhothachadh air m' anmhunnachd fein chum an coimhead, le lan earbs' air Criod, m' Urras air son neart.

### *Mu bheothacha Grais.*

C. Cionnas a gheibh thu na grasan sin a chaith ainmeachadh a bheothachadh, 's an toirt gu gnathachadh togarrach m' an tig thu chum a bhuid?

F. 'S eigin do gach meadhon a dh' ordúich Dia chum na críche so a ghnathachadh: 's e sin, leughadh agus eisdeachd an fhocail; co-chomhradh ri Criodui'ean: beachd-smuainteachadh an uaigneas, urnuigh dhurachdach, agus athchuinge mhinic a dheanamh ri Dia, air son beothacha druigteach a spioraid naoimh; agus eigeach leis a bhana-cheili, "Eirich a ghaoth a tuath, agus thig a ghaoth a deis, seid air feadh mo liosa, rachadh faile cubhraidih a spiosraidih a mach."

C. Ciod is coir dhuit a dheanamh 'n uair a tha neo-thogarrachd spioradail abuanachadh an deigh dhuit gach meadhon a chaith ainmeachadh a ghnathachadh?

F. 'S fheudar dhomh dol ni 's faide air m' aghaidh an irios-

lachd agus an urnuigh, agus beachd-smuainteacha le tuille durachd air fulangais Criod, agus creideamh a ghnathachadh air, mar thobar mo thograíean chum beatha, agus a bheothachadh mo ghrasa tha gun mhothachadh, agus cuir romham gnaearbs' a dheanamh as, chum na tha feumail domh fhaotainn a reir a gheallaidh.

C. Cionnas is coir dhuit urnuigh a dheanamh 's an am so, chum 's gun soirbhich leat?

F. 'S eigin domh urnuigh dheanamh le irisleachd, creideamh, durachd, agus sior-iarraidh; air dhomh, bhi mothachail air na tha's a chunnart, an da chuid a thaobh gloir Dhe, agus slainte m' anma fein: 's eigin domh cumhachd, trocair agus saor-ghealladh Dhe a thagradh, maille ri toiltinneas Iosa Criod, a Mhic ghradhaich.

C. Ciod na nithe araidh airson am bu choir dhuit urnuigh a dheanamh m' an tigeadh tu chum a bhuid naomha?

F. Air son na nithe so: 1, Air son ullachadh a chridhe, agus gu sonruicht air son gras naomhachaidh, agus suidheachadh spioradail anma. 2, Air son beothalachd agus togradh do gach gras feumail, agus air son comhnadh spioraid Dhe anns gach earann do'n obair. 3, Air son leigheas do dh'eucailean m' anma, agus maitheanas anns gach failinn. 4, Air son diu-dhaimh agus co chomunn ri Dia aig a bhord. 5, Air son lathaireachd ghrasmhor Dhe an da chuid a bhi aig ministeirean

agus aig a phobull re am a chomunachaith.

**C.** Ciod ris am bu choir dhuit a bhi air feasgar Di-sathuirne agus moch-thra Di-domhnuich roi 'n chomunachadh?

**F.** A bharrachd air fein-cheasnachadh agus brosnachadh grais, tha mi cur romham moran do'n uine luachmhoir sin a bhualeachadh ann an deanamh coi-cheangal ri Dia air mo ghluine' a' gabhail ris mar mo Dhia ann an Criod, agus ri Criod an t-Eadar-mheadhonair na uile dhreucha', agus ann mi fein a thoirt suas eadar anam agus chorp do'n Tighearna, gu e dheanamh rium mar is aill leis a nis agus gu siorruidh. Mar an ceudna, ni mi na earrainn araidh do m' ullachadh, a thoirt fainear cionnas a ghnathaicheas mi fein 'n uair theid mi chum bord an Tighearna; ciad ris am bi mo chreideamh agus mo ghradh 's an am sin; ciad na cuspairean air an smaointich mi, agus ciad na peacaidh air son an dean mi bron, chum 's nach builich mi 'n uine ghearr a bhios mi 'n sin gu mi-riaghail-teach.

*Mu ar giulan aig bord an Tighearna.*

**C.** Ciod an suidheachadh agus an run iomchuidh innitinn leis 'm bu mhiann leat dol air t-aghaidh gu bord naomh an Tighearna?

**F.** Bu mhiann leam dol da ionnsuidh le suidheachadh irio-sal, creid'each, agus caomhail anma, le caileigin do bhrón

diadhaidh agus do ghairdeach-as, a tha mi meas a bhi na run iomchuidh an am comunachaith; 's e tha mi ciallachadh, bhi ri bron air son mo pheacaidh, bu choireach ri fulangais Chriosd, agus a' deanamh gairdeachais ann an Criod, a thainig a dhioladh ceartais as mo leth.

**C.** Ciod ris am bi thu 'n uair a bhios tu a d' shuidhe aig a' bhord, 's an uair a bhios tu 'g amharc orra, agus a gnathachadh nan duilean?

**F.** 1, 'S eigin domh beachdshealladh a ghabhail air fulangais Chriosd, air mo shon 'na anam agus 'n a chorp; agus gu h-araidh, 's eigin domh cradh anma a chuimhneachadh, 'n uair a bha e fo fheirg Dhe, air son mo pheacaidh. 2, 'S eigin domh sealladh a ghabhail air trocair agus ceartas De, agus air gradh Chriosd air a nochadh anns na fulangais sin. 3, 'S feumail domh creideamh a ghnathachadh chum gabhail ri Criod ceusda: agus an co-chuildeachdadhl creidimh, biodh aithreachas, gradh, buidheachas, &c. 4, 'S feumail domh a bhi fo thiomadh iomchuidh leis an t-shealladh iongantach a tha fa m' chomhair. 5, Tha mi ri boid-ean agus urnuighean a dheanamh an deigh dhomh co-pairt a ghabhail, m'an eirich mi o'n bhord.

 *Faic an cunntas aithghearr a thugadh roimhe air dleasnas co-pairteacha gu h-ionchuidh.*

**C.** Do bhri gur h-e creideamh an gras is feumaile an am gabh-

ail a chomunachaiddh, ciod ris an coir dha a bhi's an am so?

F. A chionn gur e creideamh suil an anna a dh' fhaicinn Chriosd, lamh an anna gu gabhail ris, agus beul an auma gu beatha tharruing uaithe; tha e ri bhi air a ghnathachadh 's an am so air a mhodh is tulchuisiche, an dearcadh air Chriosd air a thogail air a chrann chum eucailean ar n-anma a leigheas; an gabhail ri Chriosd mar ar n-urras agus ar Fear-saoraiddh; an teicheadh a dh' ionnsuidh a lota chum ar dion, an co-chur fhola chum ar glanadh, agus an tagradh na fola so ri Dia air son ar n-uile uireasbhuidh.

C. Ciod iad na nithe ion-gantach tha air an cur fa d' chomhair aig bord an Tighearna tha ris na h-urrad dhruaghadh dheanamh ort?

F. 'S iad so iad. 1, Olc ana-barrach a pheacaiddh, agus diom neo-chriochnach Dhe 'na aghaidh. 2, Dian-thagradh ceartais De an iarruidh dioladh air son peacaiddh. 3, Gradh neo-chriochnach Dhe do pheac-aich chaillte an solar urras a-gus iobairt air an son, agus gradh gun choimeas Chriosd ann an gabhail an da chuid os laimh air an son. 4, Mor-luach anna neo-bhas uhor, agus a n-t-anbharra chosd maitheanas a-gus gloir shiorruidh. 5, Chriosd a' basachadh, agus gidheadh a-nns a cheart am sin a' ceann-sachadh uachdranachdan agus cumhachdan, agus a' toirt buaidh oirre air a chrann.

C. Ciod na mionnan bu choir-dhuit a thoirt aig bord an Tighearna?

F. Gun oirpichin trid neart Chriosd m' urras, gun seach-nain gach peacaiddh air am b' fhiorsach mi, agus gun cuirinn an gniomh gach dleasnas a tha fiachaicht' orm. Gu'm meas mi diadh'achd mar an t-aon niseumail, agus gur e Dia a thoileachadh gnothach arайдh mo bheatha.

C. Ciod na nithe tha thu r'a iarruidh 's an am so?

F. Air son gras, chum mo shuidheachadh togarrach inn-tinn a bhuanachadh agam; air son neart a cho-liona mo bhoidean; air son gliocais agus seoltachd chum am feum iom-cluidh a dheanamh do shochairean bais Chriosd an deigh laimhe; air son neart a chum giulan le deuchainnean; air son buaidh a thoirt air buaireadh an droch spioraid, agus air peacadh; air son trocair do m' dhillsean, agus do'n eag-lais; agus air son meudachadh rioghachd Chriosd air feadh an domhain uile.

C. Ciod an suidheachadh inn-tinn leis am bu choir dhuit eiridh agus dol a mach o 'n bhord naomh so?

F. 1, Ann an suidheachadh mor-ioghaidh agus taingeil, air son gradh saoraiddh. 2, Ann am fonn iriosal agus faicilleach, a thaobh gach cunnart agus deuchainn ga'm bheil mi buail-teach. 3, Ann am fonn creid-each agus eisimealach, an earbsa ri Chriosd chum mo stiuradh fad mo chuairt 's a bheatha so.

*Mu ar gíulan an deigh dhuinn  
co-pairteachadh.*

*C.* Cionnas is coir dhuit thu fein a ghiulan an deigh do 'n ghnothach a bhi thairis?

*F.* Theid mi gu diomhair an uaigneas, agus bheir mi gu durachdach air mo ghlúine fainear ciod ris an robh mi aig bord an Tighearna. Athnuadhaichi mi mo roghainn air Dia mar mo Dhia, agus mo ghabhail ri Criod na uile dhreuchd-an, agus mo cheangal gu bhi leis an Tighearna. 2, 'S coir dhomh a ghuidh gu 'in buanaich an suidheacha fonn-mhor inntinn so agam. 3, 'S feumail domh cur mu thimchioll fein-cheasnachadh m' am ghiulan agus mar shoirbhich team aig bord an Tighearna.

*C.* Cionnas a dh' fhaodas sinn caileigin do shuidheachadh tegarrach inntinn a bhi againn an deigh do'n chomunach dol thairis?

*F.* Chum sin a bhi againn, 's eigin duinn. 1, A bhi fo eag-al roi Shatan, roimh anamiana ar cridhe, a tha deanamh fath-fheitheamh a chum an slad uainn. 2, Fhoghluim an doigh air ar beatha a chaitheadh trechreidimh, agus beatha a tharrung a Iosa Criod ar ceannard, chum ar beatha a riagh-ladh. 2, Sior-iarraibh beothachadh druighteach an Spioraid Naoimh, chum ar tograi'ean a chumail suas an aghaidh oirpean an diabhuil agus an t-saoghal. 4, Gabhaibh tlachd do chuideachd nan Criodui'ean deadh-bheusach.

*C.* Cionnas a dh' fhaodas sinn a thuigsinn ma bha ar giulan freagarrach aig bord an Tighearna?

*F.* Faodaidh sinn misneach a ghabhail, ma's urrainn duinn a radh. 1, Gun robh smuainte suarrach agus diblidh againn umainn fein, agus m'ar fireantachd. 2, Gun robh ar cridh-eachan bronach a cuimhneachadh air bas agus fulangais Chriosd, 'n uair a bha na comharran agus cuimhneachain oirre, air an cur far comhair. 3, Gun robh mor fhuath agus grán againn air a pheacadh bu mhathair-aobhair d' a fhulan-gais. 4, Gun do ghabh sinn gu suilbhearra toileach ri cumhantan a choi-cheangail.

*C.* Cionnas a thug eas sinn ma shoirbhich leinn, no ma fhuair sinn a bheag do mhath o'n ordugh so?

*F.* Faodai sinn a thoirt fainear le'n samhail so do nithe, 1, Ma fhuair sinn tuille dearbhcinnit air gradh Dhe. 2, Ma tha tuille tuath againn air a pheacadh na bha againn roimh. 3, Ma tha'n tuille meas againn air Criod. 4, Ma tha barrach tlachd againn 'nar dleas-nus. 5, Ma tha ar tegraidh ni's treise an toir air naomhachd-cridhe. 6, Ma tha 'n tuille tlachd againn do dh' ordughéan agus d' am bladh, a cur romhainn a bhi 'n comain Dhe air an son.

*C.* Ciod an caithe-beatha is coir bhi againn an deigh an ordugh naomh so?

*F.* 'S coir dhuinn gluasad gu

faicilleach, agus gu h-iomchuidh a thaobh frithealadh agus buntainn an Tighearna ruinn, co dhiu bha soirbheachadh againn no nach robh.

C. Cionnas is coir dhoibhsan iad fein a ghiulan nach d'fhuair a bheag do shochair o'n ordugh so?

F. 1, 'S eigin doibh an cionsath a rannsachadh, agus fhaicinn am b'e neo-chreidimh, leisg, fein-speis, no aon pheacadh a choigil iad, agus bron a dheanamh air a shon. 2, 'S eigin doibh dol gu grad a dh' ionnsuidh fuil Chriosd air son maitheanas agus gu bhi air an glanadh. 3, 'S coir dhoibh amharc a mach air son cothrom air comunach eile, agus ullachadh fa chomhair le tuille dichioll agus fein-aicheadh; agus faicill shonruicht' a thoirt air a mhearrachd sin a tha 'n coguis ag innse dhoibh, bu choireach ri 'n cion tairbhe aig a chomunach mu dhere.

C. Cionnas is coir dhoibh iad fein a ghiulan a fhuair math aig a chomunachadh?

F. 1, 'S coir dhoibh bhi taing-eil do Ughdar na cuirme, agus cosmhuiil ri clann Shion, a bhi ait nan Righ. 2, An t-sochair a fhuair iad a ghleidheadh nan cuimhne chum's gum bi e feumail dhoibh, ma thairngeas Dia uair air bith, lathaireachd a ghnuis uapa. 3. Oirpicheadh iad a choimhead, le earbsa ri Dia, agus iad a ghluaasad gu h-iriosal faicilleach 'n a fhianuis. 4, Iad a ghabhail truais dhiubh-san a tha fo mhi-mhisnich, sgus ur-

nuigh a dheanamh air an son, agus a bhi ullamh gu 'm fiosrachadh fein a run-phairteachadh dhoibh, chum comhnadh leo. 5, Deanadh iad an dichioll chum Criosd agus diadhachd a chliuthacha do choigrich, le caithe-beathe naomh, neo-chiontach an lathair nan uile dhaoine.

C. Ciod e an caithe-beatha naomh iomchuidh sin bu choir do luchd comunaich oirpeacha bhi aca?

F. Is caithe-beatha riaghaiteach i, a tha freagarrach do dh' fhocal De, do 'n aidmhéil a rinn iad, do na chunnaic iad, do na sochairean a fhuair iad, agus do na boidean a thug iad.

C. Ciod a chliuthaicheas ar caithe-beatha am fianuis an tsaoighail?

F. 'Nuair a tha sinn ga dheanamh taitneach le irios-lachd, le fior-ghloine, le ceartas, le ciuineas, le foighidin, le striochda do thoil De, agus le sinn a bhi toilichte anns gach staid.

C. Nach 'eil a chuid is fearr do shluagh Dhe an cunnart tuisle an deigh a shamhail sin do dh' ordugh naomh?

F. Tha, mar tha e soilleir o ghnathacha Pheadair, agus a chuid eile do na deisciobuil, an deigh a cheud chomunachaidh.

C. Ciod leis a bheil sinn an cunnart?

F. Tha e 'sruthadh o na nithe sin; 1, O neo-blunaitich-ead nadurra ar cridheacha. 2, O 'n tearuinteachd, agus o 'n fhein-danachd sin, gus a bheil

sinn buailteach an deigh dhuinn sochairean fhaghail o Dhia. 3, O mhi-run agus o thapadh an droch-spioraid, a tha leis gach doigh ag oirpeachadh a thoirt oirn peacachadh an deigh a chomunaich, chum 's gum faod e, m'as urrainn da, cur eadar Dia agus sinne.

C. Cionnas a chuireas sinn an aghaidh cul-sleamhnachadh, agus aomadh le buaireadh Shat-ain an deigh a chomunaichaidh?

F. 1, 'S eigin duinn stri agus saothair a dheanamh gu mothachadh iomchuidh air gradh Chriosd a ghleidheadh 'n ar n-anma. 2, Faicill shonruicht a ghleidheadh air mealltair-eachd ar cridheachan, agus gun an leig an earbsa riu fein uair air bith. Criod ar roi-ruidhfhear ardaichte a chumail do ghna 'n ar beachd, agus bhi air ar faicill nach caill sinn seal-ladh no smaoineach air. 4, 'S eigin duinn ar n-anma earbsa ri cumhachd, agus trocair Dhe, le h-urnuigh iriosail agus chreid-ich, mar ni an naoidhean an glacan a bhanaltruim.

## CEISTEAN.

*Air son fein-cheasnachadh.*

Ceist. 1. Am faod mi a radh gu bheil curam mor orm mu m' anam, agus mu m' staid shiорuidh, air chor 's gur e tha na ionaguin orm "Ciod is eigin domh a dheanamh gu bhi air mo thearnadh? Ciod is eigin domh a dheanamh chum bhi air mo bhreith a ris? Ciod a ni mi do 'n Spiorad Naomh,

chum e theachd 's a dh' oibreachadh atharracha slainteil orm, agus mo dheanamh a' m' nuadh-chreutair?"

C. 2. An robh mi air mo shoillseachadh air mhodh spior-adail a dh' fhaicinn truailli'eachd mo naduir, agus andiadachd mo chridhe agus mo bheatha, air chor 's gu bheil mothachadh agam gu bheil mi gu h-iomlan mar ni neoghlan 'am fianuis De?

C. 3. An tugadh orm peacadh fhaicinn mar an t-olc is mo, agus fhaireachdain mar an uallach is truime, air chor 's gum meas mi bhi air mo shaoradh uaith mar shonas mor?

C. 4. A bheil mo spiorad ro-chiuin agus iriosal an lathair Dhe? A' bheil mi da rireadh diblidh agus suarrach ann am bharail fein, fo mhothacha trom air mo neo-aithridh'ead, agus air mo neo-thoilltineachd, air chor 's gun glaodh mi, leis a Cheannard-ceud, "A Thigh-earna cha'n fhiu mise thus' a theachd a steach fo 'm cheileath :" agus leis a Chismhaor, "A Dhe dean trocair ormsa, peacach?"

C. 5. Am faca mi am feum anabarrach a th' agam air Iosa Chriosd, chum mo shaoradh o pheacadh agus o fheirg, a dh' aiseag dhomh iomhaigh chailte Dhe, agus a thoirt gras agus gloir dhomh, air chor 's gu bheil mi deonach dealachadh ris gach ni air son Chriosd?

C. 6. Am bheil mi lan-toil-ichte le innleachd an t-soisgeil chum peacaich a shaoradh trid dioladh Chriosd? Agus a bheil m' anam lan toilichte leis an

dóigh fhein-irioslachaidh, agus  
gras ardaichte air peacaich a sha-  
oradh le fireantachd neach eile?

C. 7. An d' rinn mi roghainn  
air Dia ann an Criod, an t-Eadar-  
mheadhonair, mar mo Dhia  
agus mo chuibhlirionn? Agus am  
faod mi a radh, gur e sealladh  
air diomhianas a bhi 'g iarruidh  
fois do m' anam a measg nan  
creuitairean, a bhrosnuich mi gu  
so a dheanamh? agus gur h-  
ann 'na bhi a mealltuinn Dhe  
a tha uile shonas a co-sheasamh,  
ni a dh' fhaodar amhain fhao-  
tainn trid Criod?

C. 8. A' bheil ard-bharail a-  
gam mu Iosa Criod ant-Eadar-  
mheadhonair? A' bheil e ro-  
thaitneach le m' anam? Am  
faca mi maise gun choimeas 'na  
phearsa, 'na dhreuchdan agus  
na iomlaineachd; agus gu bheil  
iomlaineachd na Diadh'achd  
ann-san, agus an t-iomlan air  
fhoillseachadh gu saor chum  
math na muinntir a thig d' a  
ionnsuidh?

C. 9. An deachaidh comh-  
nadh a dheanamh'rium gu gabh-  
ail ri taigse Dhe anns an t-  
soisgeul, agus gu gabhail ris an  
Urras agus ris an t-Slanuigh'ear-  
dhiongmhulta so, 'na iomlain-  
eachd, agus 'na dhreuchdan mar  
fhaigh, mar shagart, agus mar  
righ, agus a mheas gu h-iomlan  
ro-ghradhach?

C. 10. An do chuir mi romh-  
am mi fein a thoirt suas do 'n  
Tighearna, gu bhi air mo theag-  
asg, air mo riaghlaadh, agus air  
mo shaoradh trid-san; Agus an  
tug mi thairis gach ni tha agam  
dha-san, gu dheanamh ris a

reir 'a thoil? no am bheil mi  
toileach so a dheanamh air  
ball?

C. 11. A' bheil mi toileach  
cul a chur ri m' ionracas fein  
ann am firinneachadh, agus rim'  
neart fein ann an naomhachadh,  
agus gu amharc ri Criod mar  
m' Urras, agus mo Cheannard  
air son an da chuid, ag radh,  
" 'Sann a mhain's an Tighearna  
Iosa a tha ionracas agus neart  
agam?"

C. 12. An e beatha Criod  
aig m' anam mar righ cho math  
agus mar shagart, air chor 's  
gu bheil mi cho deonach bhi air  
mo riaghlaadh le reachd, 's a tha  
mi gu bhi air m' fhireanachadh  
le ionracas?

C. 13. An d'fhuair mi foill-  
seachadh ur nach robh again  
roimh, air nithe spioradail agus  
neamhuidh? A' bheil mi faic-  
inn dearbh-chinnt air ath-bheatha  
agus gloir, uamhunn ann  
an siorruidheachd, faoineachd  
anns an t-saoghal so, luach 'am  
anam, olc anns a pheacadh,  
maiseadh ann an Criod agus  
an naomhachd, nach faca mi  
roimh?

C. 14. A' bheil mi ni's deoth-  
asaiche an deigh air gean math  
Dhe trid Criod, na tha mi an  
toir air aon sonus saoghalta?

C. 15. A' bheil mi deigheil  
air an ni a tha taitneach le Dia,  
agus a tha chum a ghloir a  
dheanamh; agus a' bheil an  
ni a bhios a chum a chliu-san,  
ni 's roighnicheadh leam na  
buannachd an t-saoghal no na  
feola?

C. 16. An e peacadh a bhi

faghail buaidh orm, truailli'-eachd agus plraighean mo chridhe, is fior aobhar broin domh? A' bheil mi ri dian-stri agus spairn nan aghaidh, agus a' gabhail fadail gu bhi air mo shaoradh uapa, a' glaochaich leis an Abstol, "Och is duine truagh mi, co shaoras mi o chorp a bhais so?"

C. 17. Am faod mi a radh gu bheil mor mheas agam air uil' aitheanta Dhe? Gu bheil mi gu treibh-dhireach a' coilliona gach ni tha mi meas na dhleasnas domh? Nach gabh mi do dhanadas dearmad a dheanamh air dleasnas, no peacadh a chur an gniomh, an deigh dhomh bhi fiosrach air?

C. 18. Am faod mi a radh, leis mar nach 'eil do dhanadas agam dearmad a dheanamh air dleasnas, gu bheil co beag danadais agam mo thaic a leige ris? Gu bheil mi toirt fainear feum aig m'urnuighean air maitheanas, agus aig mo dheoir air bhi air an ionnlad am ful Chriosd; agus uime sin, cha 'n urrainn domh fois fhaotainn ach ann am fireantachd iomlan Chriosd?

C. 19. Am faod mi a radh gu bheil fuath aig mo chridhe air a pheacadh chionn gun lot e Chriosd, agus gu bheil mi ullamh gu litir-dhealachaidh a chur an laimh gach anamianna, seadh an laimh mo leannain peacadh, a' cur romham gun chaidreamh a thoirt do dh' aon air bi h dhiu, no do naimhde mo Thighearna?

C. 20. Am faod mi a radh, gu bheil gaol agam air Chriosd

le m' uile chridhe, agus gu 'm faod mi leige gu raidhe fein gu bheil so fior, agus gur h-e a lughad fath mo dhuilichinn?

C. 21. Am faod mi a radh gu bheil mor-dheigh agam gu bhi ni's mo a reir Dhe 'am chridhe agus 'am bheatha: 's gu bheil mi 'g iarruidh naomhachd cridhe, ni's mo na aon ni saoghalta? Agus gu bheil mi gu minic ag radh le Daibhi, "Och nach robh mo shlighean air an stiuradh a choimhead do reachdan?"

C. 22. Am faod mi a radh, gu bheil mor dheigh agam air conaltradh agus air co-chomunn a bhi agam ri Dia, ann an dleas-nuis chrabbhach? Agus gu bheil mi meas na h-urnuigh, an t-searmoin, agus an Domhnach sin caillte, anns nach mothach mi a bheag d'a lathareachd ghras-mhor?

A nis, rachadh an og-luchd-comunachaидh ann an uaigheas, chum na ceistean sin a chur an anma fein, mar an lathair Dhe, agus feitheadh iad gusan toir an coguis freagradh dhoibh; ach thugadh iad an aire gur ann 'n uair a bhios iad anns an t-suicheadh inntinn is fearr a ni iad e.

### RIAGHAILT,

*Do 'n Luchd-comunachaидh og chum boidean am Baistidh ath-nuadhachadh.*

C. Ciod a tha ga d' bhros-nachadh a dh' iarraidh gu bord an Tighearna?

F. Ordugh an Tighearna, agus gu bheil toil agam cean-

gail mo bhaistidh ath-nuadhachadh, agus mi fein a dheanamh a' m' Chriosdui le m' shaor thoil fein, agus mi fein a cheangal ris an Tighearna le m' shaor-dheanadas fein.

**C.** C'ar son tha toil agad sin a dheanamh?

**F.** Air son'n uair a fhuair mi ceud nasgadh a choi-cheangail, 's e sin baisteadh, cha robh fios agam ciod a rinneadh air mo shon, cha mho bha mi comasach air co-aontachadh le gniomh mo pharanda; ach air dhomh a nis bhi air teachd gu eolas agus comas, tha mi deonach a nochda gu bheil mi a' deanamh roghainn do dhiadhachd chum mo bheatha a chaitheamh da reir.

**C.** C'ar son a tha thu teachd cho trathail? Nach bi e luath ni 's leoир dhut diadhachd a chuimhneachadh a d'shean aois?

**F.** Cha bhi, oir, os barr gum faod mi bas fhaghail og, tha iadsan a tha deanamh dearmad air crabhadh; agus gan toirt fein suas do 'n t-saoghal agus do 'n fheoil an aois an oige, buailteach do chruas cridhe, agus is ro-thearc iad a tha tearnadh uaith.

**C.** Ciod an t-am is taitniche gu eolas iarruidh air Criod agus air crabhadh?

**F.** Am na h-oige; air son 's an aois so, gu bheil an cridhe ni's taise, agus nach'eil cleachda uile air an taladh cho teann 's a bhios iad an deigh laimh; agus gu bheil mor-thlachd aig Dia ann an crabhadh trathail.

**C.** Ciod an sealladh a fhuair

thu ma ta air do staid a thaobh naduir?

**F.** Tha mi faicinn gu bheil i na staid pheacach, thruaillidh, bhochd, gun chomhnadh; tha mi air mo dhite gu dol a mugha fo throm luchd do chionta agus do chorruich, air dhomh coicheangal nan oibre a blristeadh, nach'eil mi comasach air a choiliona; chuir mi corruiich air ceartas De, nach urrainn mi a shasachadh; agus chaill mi ionhaigh Dhe agus m' anam luachmhor nach urrainn domh a thearnadh. "Och ciod a ni mi chum bhi air mo shaoradh?"

**C.** Co uaith tha fiughair agad ri cobhair fhaotainn?

**F.** A mhain o Iosa Criod, a ghabh, o shaor ghradh do pheacaich chailte, os laimh bhi na Urras agus na Eadar-mheadhonair anns an nuadh choi-cheangal, a tha air fheuchainn agus air a nasga do chreidich aig bord an Tighearna.

**C.** Ciod am beachd a fhuair thu air a choi-cheangal sin a tha air a nasgadh aig a bhord?

**F.** Tha mi faicinn slighe na slainte air a comharrachadh a mach, trid urrais agus fireantachd Iosa Criod, gur innleachd ro-oirdheirc a tha ann, air a dheadh riaghlaadh anns gach ni agus cinnteach. Tha mi ga mheas aithridh air Dia, agus air gliocas neo-chriochnach; tha e taitneadh rium, 's mi a co-aonta leis, agus a mianuacha m' anam agus mo shonus bith-bhuan earbsa ris.

**C.** Ciod a bharail a tha agad air gradh Dhe o 'n do shruthi an nuadh-choi-cheangal so?

*F.* Tha mi ga mheas anabar-rach iongantach: Tha iognadh orm ri gradh an Athar 'na dhealbh agus 'an cur a Mhic ghradhaich ga chur an gniomh: Tha iognadh orm ri gradh Mhic Dhe, 'an gabhail os laimh bhi 'n a Urras agus 'n a iobairt air son peacaich chailte do shliochd Adhaimh, 'n uair a bha na h-aingil a pheacaich air am fagail gn dol am inughadh am feasd: agus tha iognadh orm ri gradh an Spioraid Naoimh a ghabh os laimh an t-saorsadh sin a cho-chur ri peacaich chaillte thagh-ta, le geur-mhothachadh, iom-pachadh agus creideamh an Iosa Criosd oibreachadh anna.

*C.* Ciod an suidheachadh agus an run inntinn leis an tig-thu a dh' ath-nuadhacha cumh-nanta do bhaistidh?

*F* Tha mi 'g iarruidh moth-achadh a bhi agam air mo chionta ann am bristeadh a choi-cheangail so, le mi theicheadh fo bhrataich Chriosd, le mi dhol dh' ionnsuidh caimp Shatain, agus le cluas-bhodhar a thoirt cho fada do chuireadh agus do thraigse Chriosd. Agus tha mhianu orm a nis pille ris an Tighearna mar struidh'ear aith-reach, agus mar chul-shleamhn-aichidh bronach, le m' aghai ri Sion, a' caoine mar tha mi dol air m' aghaidh, deonach maille ri each air boidean mo bhaistidh ath-nuadhachadh, ag radh, "Thigibh, ceanglamaid sinn fein ann an coi-cheangal sior-ruidh ris an Tighearna, nach d' theid am feasd airdichuimhn."

Agus an aon fhocal, tha mhiann orm dol a dh' ionnsuidh Chriosd reubta, le cridhe briste. *C.* Ciod i a bhoid baistidh no an coi-cheangal sin a tha mhiann ort ath-nuadhachadh?

*F.* A reir a cheangail agus a choisrigeadh fo 'n tainig mi ann am bhaiste, tha mi 'g iarruidh gu durachdach an t-aon Dia beo agus fior aideacha, mar mo Dha ann an Criosd, mar tha e ga thraigse fein domh an coi-cheangal nan Gras; agus gu mi fein a thoirt suas da eadar anam agus chorp, chum bhi leis-san, agus gun bhi le neach eile. Agus tha run orm air a mhodh is follais-iche dol agus cul a chur ri uile naimhde na Trionaid bhean-naichte, an diabhul, an saogh-al, agus an fheoil; agus a nochda gu bheil mi 'gabhall ri Dia an t-Athair mar m'athairsa, ri Dia am Mac mar m' Fhearsaoraidh, agus ri Dia an Spiorad Naomh mar m' Fhear-naomh-achaidh, gur h-ann na ainm beannaicht' a chaidh mo bhaisteadh, agus 's ann a chum a sheirbhis agus a ghloir a bha mi air mo choisrigeadh.

*C.* Ciod a bharail a tha agad mu Iosa Criosd Eadar-mheadh-onair an nuadh choi-cheangail?

*F.* Tha mi ga mheas mar neach gun choimeas, agus mar Shlanuighear ro-luachlmhor agus uil-fhoghainteach; agus tha mi deonach air gabhail ris na uile dhreuchdan, mar fhaidh chum mo theagasc, mar shagart a dhioladh agus a dh' eadar-ghuidhe as mo leth, agus mar

riugh, chum riaghlaigh annam,  
agus os mo cheann.

C. Ciod a bharail a tha agad  
mu d' ionracas agus mu d' neart  
fein, a thaobh do shaoraidh?

F. Tha mi meas m' ionracas  
agus mo neart fein neo-dhiong-  
mhalta a shasachadli lagh Dhe;  
agus, uime sin tha mi cur cul  
riu agus a' teicheadh a dh' ionn-  
suidh Urrais air an son le cheile,  
ag radh, " 'S ann a mhain 's an  
Tighearna Iosa a tha ionracas  
agus neart agam :" Agus tha mi  
toileach agus a' cur romham  
neart iasaid a ghnathachadh,  
chum mo dlileasnas a cho-liona;  
agus ionracas iasaid, chum gabh-  
ail gu taitneach rium.

C. Cionnas a tha 'n doigh  
fhein-aicheanach so air peac-  
aich chaillete a shaoradh, a' cord-  
adh riut?

F. Tha mi lan toilichte leis,  
a chionn gu bheil e ga m' fhag-  
ail am feasd 'ann fiacha do  
shaor ghras, a chionn gu bheil  
e cur cul ri uaill agus fearas-  
mhor a chreatair, agus a' cur  
cliu mo shaoraidh as leth Chriosd  
a mhain; a chionn gu bheil e  
toirt a chruin, mar gum b' ann,  
bharr mo chinn fein, 's ga chur  
air ceann aghmhor Chriosd.

C. Cionnas a tha dreuchd  
rioghail Iosa Chriosd a cordadh  
riut?

F. Tha gu math, agus tha  
mi deonach air gabhail ri Chriosd  
mar righ chum mo riaghlaigh,  
cho math agus mar shagart  
chum mo shaoradh le fhuil.  
Cha 'n e a mhain sin ach tha  
mi deonach air e theachd mar  
riugh, agus a dhreuchd rioghail

a chur 'an gniomh ann am  
chridhe, gun cuir e as do m'  
pheacadh, agus gu 'n ceannsaile  
e m' uil' anaamhianna ceannair-  
ceach agus mo thruailli'eachd.

C. Ciod am beachd a tha  
agad air an Spiorad Naomh, an  
treas pearsa do 'n Trionaid,  
agus air a dhreuchd an saoradh  
anma?

F. Tha mi ga mheas mar an  
t-inneal ro bheannaichte gu an  
t-saorsadh a choisinn Chriosd a  
cho-chur rium, agus tha mi  
'gabhairis air a shon sin; agus  
tha mi toileach mi fein a thoirt  
suas da, gu mothachadh a thoirt  
domh, gu m' shoillseacha, gu  
m'ath-nuadhach, gu m'naomh-  
acha, agus gu m' stiuradha;  
agus tha mi creidsinn gu bheil  
easan cheart cho ullamh gu  
chochur, 's a bha Chriosd gu  
cheannach: uime sin tha mi  
deonach a chuis earbsa ris.

C. Ciod a meas a tha agad  
air nithe an t-saoghal so mar  
chuibhrionn do 'n anam?

F. Tha mi meas gu bheil  
gach buannachd, urram agus  
solas a tha ann neo-chomasach  
air tograiddh an anima a shas-  
achadh; agus nach 'eil aint'  
ach diomhanas agus buaireadh  
spioraid: uime sin cha socraich  
mi mo chridhe am feasd air an  
t-saoghal mar mo chuibhrionn:  
'S e a mhain Dia a mhealltuin,  
agus e bhi reidl rium trid  
Chriosd, is urrainn lan thoilinn-  
tinn a thoirt do m' anam; agus  
's e so amhain g'am bheil mi  
deanamh roghainn mar mo  
shonus agus mo chuibhrionn.

**C.** Ciod a bharail a tha agad mu 'n ath-shaoghal?

**F.** Tha mi ga mheas fein agus gach ni a bhuineas da uamhunnach, cinnteach, agus ro dhludo laimh; tha mi ann am barail gur i Ifrinn aite comhnuidh nan neo-chreideach; ach tha mi meas gur e Neamh duthaich agus ionad comhnuidh luchd leanmhuinn an Uain? agus tha mi deonach air bhi nan co-chuid-eachd a dh'iarruidh na duthacha sin, agus comhnuidh a ghabhail leo gu siorruidh.

**C.** Ciod a bharail a th' agad air beatha naomh agus chrabhaich?

**F.** Tha mi meas gur i beatha chrabhaich, no beatha air a' caitheadh 'an seirbheis De, agus 'an co-chomunn ris, a bheatha is taitniche, agus solasaiche is urrainn duin' a chaithe 's an t-saoghal.

**C.** Cionnas a shaoileas tu ruigheachd air naomhachd, leis a bheatha so a chaitheadh?

**F.** Tha mi 'g amharc air Iosa Criod mar fhear a cheannaich naomhachd cho math ri sonus; leis mar fhuair e le bhas, an Spiorad Naomh a thoirt an nuadh bhreith gu crich, agus gu ionhaigh Dhe a dhealbh na shluagh. Agus uime sin tha mhiann orm teachd a dh' ionnsuidh Chriod agus fhola chum naomhachaидh, cho math ' as chum fireanachai; chum a bhi a reir Dhe, cho math 's air son comas teachd am fagus da gu co-chomunn agus companas a chumail ris: agus guidhe mi air gun cuir e a Spiorad Naomh

do m' anam, chum naomhachd agus uile ghrasan an Spioraid oibreachadh ann.

**C.** Ciod am beachd a fhuair thu air geallaine a choi-cheangail agus air am feumalachd?

**F.** Tha mi gam meas mar steigh mo chreidimh agus mo dhochais, agus tha mi deonach gnath fheum a dheanamh dhiu ri Dia, chum gras agus neart fhaotainn chum gach dleasnas a choi-lionadh; agus gu buanachadh agus dol air aghaidh re mo chuairt 's a bheatha; agus tha mi cur romham an gnathachadh anns gach teinn agus amhgar anns am bi mi.

**C.** Leis mar tha thu toileach gabhail ri Dia ann an Criod, mar do Dhia, nach 'eil thu cuid-eachd toileach thu fein a choisrigeadh dha chum fheum agus a sheirbhis?

**F.** Gun amharus tha mi toileach (trid grais) mi fein agus gach ni tha agam a thoirt suas do 'n Tighearna, eadar anam agus chorp, le'n uile chumhachd cheudfaith, mhothachadh, bhall agus mhealtainn, gu bhi nan inneil chum a ghloir, agus gu bhi air an gnathachadh leis-san a reir ri thoil chum fheum agus a sheirbhis.

**C.** Cionnas a tha thu teagasc do thoil gu cumhachdan agus ceudfaithean t-anma a thoirt thairis do'n Tighearna?

**F.** Air leam gu bheil mi toileach mo thuigs' a choisrigeadh agus a thoirt suas do 'n Tighearna, gu beachd a ghabhail air ionmlaineachd, agus gu fios fhaotainn air a thoil: mo mheoghair,

a ghleidheadh cuimhne air a gheallaine luachmhior agus air a chomhairlean, mo thoil, a roighneachadh agus a chulachadh, gach ni a reir ri thoil, a' co-aontacha leis anns gach aon ni: agus mo choguis, gu bhi na fhear-ionaid, a dhite no ghabhail leith-sgeil a reir ri sheoladh.

*C.* Ciod a bharail a tha agad a nis air peacadh, agus air na peacaidh sin a bha roinnt so cho measail leat ri d' laimh na ri d' shuil dheis?

*F.* Tha mi gam faicinn agus gam fuathachadh mar naimhdean agus mar luchd-ceusaidh mo Thighearn, agus mar na tairnean agus an t-sleadh a lot e agus tha mi cur romham dealacha ris gach aon dhiubh, ge d' a bha iad dhomh mar laimh na mar shuil dheis, cul a chur ris gach mi-dhiadhachd agus gach anamianna bha taitneach leam, agus gun pheacadh air bith a mheas tuille 's luachor gu dealacha ris air son Iosa Criod mo Thighearna.

*C.* Ciod a nis a bharail a tha agad air na companaich a bha maille riut ris a pheacadh, agus air an dian earail?

*F.* Tha mothachadh agam air an amайдeachd, agus tha mi cur romham nach lean mi tuille a mhór bhuidheann a chum uile, 's nach gabh mi leo an aon pheacadh air bith; ach gun oirpich mi trid comhnadh gráis a sheachnadh, gach buaireadh agus gach droch cuideachd ag radh, leis an t-Salmadair, "Imichibh uam a luchd droch dheanadais, oir coimhidh mise aith-eanta mo Dhe."

*C.* Ciod na smuainte a tha agad mu luchd muinntir Dhe, agus iad-san a tha 'giulan ionmhaigh?

*F.* tha mi gam meas mar ailleagain luachmhoir Dhe, mar dhaoine taghta na talmhainn, agus a chuideachd is ionmhiannaicht' a tha anns an t-saoghail.

*C.* Ach ciód a shaoileas tu dhiubh an uair a chi thu iad tearc agus fo dhi-meas?

*F.* Tha mi 'cur romham, trid gráis, gabhail le treud beag Chriosd, a tha gnathachadh urnuigh agus leis am fuathach peacadh, ge d' a robh iad tearc an aireamh; tha tuille speis again dhoibh na tha agam air muinntir air bith eile, agus tha mi gabhail riu mar mo choluchd-turuis chum an Sioin neamhaidh, ge d' a tha iad taireil agus fo mhi-chliu an t-saoghail.

*C.* Ach ciód a bharail a tha agad air a chrann-cheusaidh agus air a gheur-leanmhuinn a tha air uairibh 'an co-chuid-eachda Chriosd aideacha?

*F.* 'S e mo mhiann Criod a ghabhail le chrann-ceusaidh cho math agus le chrún; agus 's e beatha fuath an t-saoghail, mas-ladhl, dochair, no aon ghne thrioblaid no gheur-leanmhuinn a dh' fhaodas teachd orm air son Chriosd, fhirinn agus a shlighe aideachadh.

*C.* Ciod do bharail air na sgríobtuirean naomha?

*F.* Tha mi creidsinn gu bheil iad air an deachdadh le spiorad Dhe; tha tuille meas agam orra

na tha agam air leabhairchean air bith eile; tha mi taingeil air an son gu m' stiuradh tre 'n fhasach so, gu bhi nan solus do m' chosan, agus nan lochlain do m' cheumana, agus mar ioc-shlainte co'-fhurtachd agus solais domh anns gach cruidh-chas agus trioblaid, 's e mo mhiann an rannsachadh gu curramach, agus bheir mi teannoirp air bhi eolach orra.

C. Ciod a bharail a tha agad air latha an Tighearna?

F. Tha mi ga mheas naomh agus urramach, agus mar fhianuis sheasmhaich air iomlainneachd iobairt Chriosd: tha mi meas gur e latha is fearr 's an t-seachduin, a chionn gur h-e latha-margaidh Chriosd e do dh' anma feumach, agus tha mi cur romham am feum sin a deanamh dheth chum lon fhastattinn do m' anam a dh' fhognas feedh na seachduin.

C. Ciod i do bharail mu ordughean an t-soisgeil?

F. Tha mi a meas gur e ordugh Dhe am focal, na sacra-maide, urnuigh, agus moladh, agus gu bheil iad 'n am meadhona chum gras aiseag do 'n anam. Tha mi le taing a' gabhlail riu mar chomhna feumail a threoracha gu neamh, agus mar ionada coinneamh eadar Dia agus m' anam, agus 's e 'n gnothach sonruichte mu bheil mi frithealadh orra gu coinneamh a thoirt dha-san annta.

C. Ciod a tha thu a saoilsinn mu Shuipeir an Tighearna a tha agad an drasta 's an amharc?

F. Tha mi 'g amharc oirre

mar thigh-na-cuirme spioradail aig Chriosd, a sholair e na shaor ghradh chum anma a shluagh a bheothachadh agus a near-tachadh, am feadh a tha iad air an turas trid an fhasaich so: tha toil agam buidheachas a thoirt do Dhia air a son, agus gabhail rithe mar shochair luach-mhoir, a bheothachadh grais mar chuimhneachan air gradh saoraidh, agus mar chomharra gu bheil Chriosd gu teachd an dara h-uair.

C. Ciod a bharail a tha agad air dleasnas a bhi deanamh urnuigh?

F. Cha 'n e a mhain gu bheil mi ga mheas mar mo mhor dleasnas, ach mar chomas urramach, a chionn leis a sin, gu bheil comas agam co-chomunn a chumail ri Dia; uiime sin, tha mi cur romham, tre ghras urnuigh a ghnathacha fad mo bheatha, agus eolas a chumail suas ri Dia trid Chriosd; agus gun d' theid mi a ghnath a dh' ionnsuidh Dhe, agus gun cuir mi mo chomhairle ris anns gach cas agus cunnart.

C. Ciod a bharail a tha agad mu dleasnuis eile a' Chreidimh Chriosduidh, agus mu gach dleasnas a tha lagh nam modhanna ag iarruidh?

F. Tha mi meas gu bheil an lagh (a dh' uchd-mhacaich Chriosd a stigh do chumhnanta nan gras, mar riaghait beatha da shluagh) naomha, cothromach, agus math, agus na dleasnuis tha air an iarruidh ann roiomchuidh chum gloir Dhe, agus math a shluagh. Tha 'n

soisgeul, ni is e teagasc nan gras, a dian earail an lagha so, le geimnuieachd a theagasc d' ar taobl fein; ionracas a thaobh ar coinhearsnaich; agus diadh'achd a thaobh Dhe.

**C.** Ciod i do bharail mu smachdachadh agus mu amh-ghair a tha gu bitheant a' tach-airt do chloinn De?

**F.** Tha mi gam meas mar smachdachadh athaireil chum ar math: agus gu bheil iad gu glic iomchuidh air an orducha leis-san a tha 'g ioma-dhruideadh slighe a phobuill suas le droighinn, chum's nach amais iad air an sligheachan cama fein: uime sin tha mi toileach geilleadhdo'n t-slait mar smachdacha feumail tighe Chriosd; agus gabhail cho cridheil ra gheur-mhothachaidh, agus r'a achmhasain cho math agus r'a cho'fhurtachd agus ri feith a ghaire; agus buidheachas a thoirt da air son amhghair cho math's air son trocairean.

**C.** Ciod i do bharail mu chaithe-beatha a' chreidimh?

**F.** Tha mi meas gur i a bheatha is ro-shonadh a tha ann, agus gur i bu choir a bhi na beatha lathail aig cloinn Dhe am fad's a bhios iad's a bheatha so. Agus tha mhiann orm beatha luachmhor so a chreidimh fhoghlum agus a ghnathachadh, agus a bhi 'n earbsa ri mac Dhe, agus gna fheum a dheanamh da fhuil agus da flireantachd chum mo chionta fholach; agus da ghras, agus d'a neart chum mo dheanamh comasach air mo dhleasnas a

cho-liona, peacadh a chiosnachadh, cur an aghaidh buainidh, agus giulan le trioblaid.

**C.** Ciod a bharail a tha agad air a chomhfrag spioradail gus a bheil Chriosd ga d' ghairm?

**F.** Tha mi meas gu bheil an doigh sin ceart agus urramach; agus uime sin tha mi do m' shaor thoil fein a' teachd a stigh ri fuaim trompaid an t-soisgeil, chum gabhail a'm' shaighdear fo bhrataich Chriosd. Tha mi cuir du-chul ri camp Shatain, agus tha mi toileach mionnacha bhi dileas do dh' Iosa Chriosd, gu arm a thogail 'na aobhar, agus cogadh an aghaidh a naimhde, an saoghal, an diabhal, agus an fheoil fad uile laithean mo bheatha. Tha mi cur romham nach dean mi a chaoi'dh sith ris na naimhde sin, agus nach sguir mi chogadh nan aghaidh. Cha toir mi am feasd caidreamh le m' fhios do aon air bith do m' anamianna, no do m' thruailli'eachd, mu 'n robh mi roimh speiseil; ach fo riaghlaadh mo Chinn-fheadhna ghloirmhor, leanaidh miaircathachadh 'nan aghaidh gus am faigh mi an lan-bhuaidh sin orra a tha air a ghealltainn do luchd leanmhuinn Chriosd.

**C.** Ciod a bharail a tha agad orrasan a tha teicheadh o bhrataich Chriosd?

**F.** Tha mi meas gu bheil iad ciontach do 'n chuthach is mo, agus buailteach do'n fheirg is mo a chionn nach gabh Chriosd tlachd dhiubh-san a tharlas air an ais uaithe: uime sin tha mi cur romham gun lean mi gu

diuth ri m' Cheann-feadhna,  
agus r'a chuis re uile laithean  
mo bheatha.

C. Co an neart anns a bheil  
thu cur romhad gach earrann  
do 'n chumhnanta choilionadh?

F. A mhain ann an neart  
Chriosd, mo Cheannard agus  
m'urras, a ghabh os laimh as  
mo leth agus a gheall gu m'  
biadh a ghras foghainteach air  
mo shon. Uime sin cha 'n eil  
earbs' air bith agam a' m' neart  
no 'n m' run-suidhichte fein;  
agus tha mi 'g am' earbsa fein  
ri gealladh Chriosd, nach fág  
agus nach dibir e am feasd mi.

C. An leoir leat aidmheil a  
dheanamh an lathair dhaoine?

F. Cha leoir; ni mi, trid  
grais, aidmheil air an iomlan  
diubh sin an uaigneas an lathair  
Dhe. Agus aidichidh mi  
mo dheoin leis gach earrann  
do cho-cheangal gras De, air  
a mhodh is durachdaich agus is  
fein-aicheanaich; agus cuiridh  
mi, trid grais, mar fhiacha orm  
fein an coimhead, le innadrinn  
ann an ceangal diomhair ri Dia,  
trid Chriosd, m'an tig mi a  
ghabhail nasga seul a cho'cheangail.  
Agus an deigh sin, gabhaidh  
mi do mhisнич, 'na neart  
fein, na theid air m' aghaidh  
chum a bhuid naomh a dhaigh-  
neachadh a chumhnainte so an  
lathair dhaoine agus aingle.

## EISEMPLIR

DO'N

### LUCHD-COMUNACHAIDH OG,

*Chum coi-cheangal a dheanamh gu h-uaigneach ri Dia, m' an tig iad air an  
aghaidh gu Bord an Tighearna.*

O Dhe Uile-chumhachdaich, agus a Chruthai'ear nan uile nithe,  
chruthaich thu an duine air tus ionraic agus sonadh; ach dh' fhas e  
peacach agus ro-thruagh trid an leagaidh. Tha mi 'g aideachadh a  
thaobh naduir gu bheil mi am' eas-caraid duit, duine-cloinne fearg-  
thoilltinneach, agus am thraig do'n pheacadh agus do Shatan. O'n  
bheroinn bha mi ciontach do d' lagh a bhristeadh, agus 's iongantach an  
fhoighidinn a rinn thu rium, 'n uair nach d' rinn thu o chionn fhada,  
cuspair dhiom air do chorruich ann an ifrinn. Och ciod a ni mi fad  
siorruidheachd ma bhuanacheas mi 's an staid so? Chuala mi gu bheil  
trocair aig Dia do pheacaich chailte trid Iosa a chaidh a cheusadh, a  
tha toirt mor mhisneach do m' anam bronach. Och an urrainn an  
trocair so ruigheachd air mo shamhuilsa do dhuine truagh? Ach 's  
cinnteach air a pheacaichead 's ga bheil mi, gur fearr an cothrom a tha  
agads air saorsainn do ghraidh, agus eifeachd fola do Mhic a nochdad; agus  
ma bhios agamsa co-pairt do na sochairean sin, seinnear laoidhean  
molaidh gun sgur do dh' Uan De as mo leth. Tha mi uime sin a'  
teachd chum mi fein a thilge sios aig stol-coise trocair neo-chriochnach,  
's a chum tagradh air a shon a reir do gheallaidh tre Iosa Criod, do  
Mhac gradhach.

O Athair nan uile throcair, agus Athair mo Thighearna Iosa Criod, tha mothachadh agam a nis air mo pheacadh agus m' amaideachd, le cur a' d-aghaidh, agus a chionn mi dhol thairis gu camp Shatain : tha mhiann orm pilleadh mar stro-f hear aithreachail, a dh' ionnsuidh m' Athair neamhuidh, ag aidmheil mo pheacaidh, agus deonach air mi fein a cheangal ris an Tighearn, an coi-cheangal siorruidh nach di-chuimhnicear am feasd. O Athair, pheacaich mi 'n aghai fhlaitheas agus a' d' lathairsa, agus cha 'n fhiu mi tuille gu 'n goirte do leanamh rium ; ach's toilicht a mheasainn mi fein, nan gabhte a stigh mi chum an dreuchid no 'n ionaid is neo-inbhiche a' d' theaghlaach. Tha mi 'g iarruidh do shaor gliradh agus do ghliocas neo-chriochnach ardachadh, le innleachd na slainte chum peacaich chailte a thearnadh, trid Eadar-mheadhonair, agus le d' Mhac siorruidh ro-ghradhach a chur gu bhi na Eadar-mheadhonair agus na Urras a shasachadh do cheartais air an son, agus a cheannach gras agus gloir dhoibh. A reir t-aithne, tha mi deonach urram a thoirt do d' Mhac, agus gabhail gu taingeil toilichte ri innleachd so na slainte chum peacaich a thearnadh. O gabh truas do d' chreutair fein, obair do lamh ; theirig thairis air t-obair a ris, agus cruthaich mi as ur air son Chriosd, a reir t-iomhaigh fein, chum's gu'm bi mi ionchuidh air son do sheirbhis agus do ghloir.

O Shlanuigh'ear bheanraighe, tha iognadh orm le d' gradh gun choimeas, an gabhail os laimh bhi a' d' Urras agus a' d' iobairt air son peacaich chailte, agus le t-f huil luachmhoir a thairgse, chum mo leithid-sa ionnlad. 'S e do bheatha agam a Thighearn Iosa ! Tha mi ann an so a' cur cul ris gach doigh eile chum mo thearnadh, agus a' dol a t-ionnsuidh-sa mar m' Eadar mheadhonair agus mo Shlanuigh'ear, tha mi 'gabhairt riut a t-uile dhreuchidan ; agus ga m' thoirt fein suas gu bhi air mo thearnadh, air mo theagasc, agus air mo riaghlaigh leat. Tha mi gabhairt riut mar m' ard Shagart mor a thoirt dioladh air son m' anma, agus a thagra mo chuis ris an Athair, trid do bhas chliu-thoilltinnich, agus t-eadar-ghuidhe chumhachdach. Tha mi cur glan-chul ri m' fhireantachd fein 'an cuius m' fhireannachadh agus gabhail gu taitneach rium le Dia, agus tha mi amhain ga d' aidmheilsa mar an Tighearna m' ionracas ; tha mi gabhail riut mar m' Fhaidh, agus ga m' thoirt fein suas do d' theagasc-sa, chum's gum bi mi air mo threoracha leatsa trid an fhasaich so, agus mo thoirt sabhlaithe, gu neamh fadheoidh ; agus air son gliocais a leanailt do sheolaidh. Tha mi 'gabhairt riut mar mo Righ, agus a mionnacha bhi dileas duit, agus lan toilichte le d' lagh agus le d' uachdranachd ; cuirear suas do righ-chathair ann am anam, agus deanar do naimhdean ann nan stol-coise dhuit. Tha mi 'gabhairt riut mar m' Fhear-posda, agus tha mi a' co-aontacha le cumlinant a phosaidh anns gach earrainn deth. Tha m gabhail riut mar mo Cheann-feadhna, agus tha mi gabhail mar shaigh dear fo d' bhrrataich, gu cath a chur ann a d' neart 'an aghaidh t-uile naimhde. Tha mi toilichte le uile chumhnanta an t-soisgeil ; agus th: mi lan toilichte leis an doigh fhein-aicheanach a tha air a thairgs' ann. Tha mi deonach air bhi gu siorruidh an fiacha do shaor ghras, agus gun cuirear cliu mo shaoraidh gu brath as leth Iosa Criod m' urras.

O a Spioraid naoimh, tha mi gu taingeil a' gabhail riutsa, mar fheo co-chur na cheannaich mo Shlanuigh'ear ; agus a deanamh do bheath chum do dhreuchdan a chur an gniomh 'am anam, a dh' oibreach

creidimh annam, a chreidsinn an t-soisgeil, a thoirt m'an cuairt atharrachadh an nuadh bhreith, agus a dh' athnuadhachadh m' uile cheud-faithean. 'S ann a d' chomain a tha mi air son gach gluasad agus togradh a tha air am brosnachadh annam ; O deonaich dhoibh buan-achadh annam, chum 's gun toirear an deadh obair annam gu foirfeachd Tha mi ga d' roighneacha mar m' f hear-beothachai, mar m' f hear-naomhachaidh, agus m' f hear-stiuraidh trid mo chuairt. Tha mi a' striochda do d' thograidh agus do d' ghiulan, agus a' miannachadh an aire dhurachdach a thoirt do d' għluasaid agus do d' għeurmhoth-achaidh, an co-liona mo dhleasnus, agus ami fuireach o pheacachadh. O óibrich gras annam a chum na criche sin, agus neartaich mi do ghna a dheanamh agus a thaghadh an ni sin a bhios taitneach leat.

A reir boidean mo bhaistidh, tha mi ann an so a' cur cul ri uile naimhde na Trionaid bheannaichte, an diabhal, an saoghal agus an fheoil ; agus tha mi ann an so ga m' thoirt fein thairis dhuitse, Athair a Mhic agus a Spioraid Naoimh, aon Dia, gu bhi leatsa, agus leatsa amhain ; leatsa, agus cha'n ann leis an diabhal : leatsa, agus cha'n ann leis an t-saoghal ; leatsa 's cha'n ann le m' anamhianna fein ; leatsa, 's cha'n ann leam fein.

Agus air dhomh fhaicinn, gu bheil thu, os ceann gach ni, ag iarruidh a chridhe, tha mi leis a so a' tairgse agus a' toirt thairis dhut mo chridhe. A Thighearna, gabh e, agus dealbh e fa'd chomhair fein.

A Thighearna, cha'n eil neart na comas agam fein a gleidheadh no a choimhead aon ni a ghabh mi os laimh ; ach a' gabhail an iomlain os laimh ann an neart m' Urrais, an earbsa ris-san amhain ; " 'S anns an Tighearn Iosa amhain a tha ionracas agus neart agam ; O Thighearna, bi'n urras air t' oglach chum maith." Thoir dhomh do ghna na dh' iarras tu, agus an sin iarr ni's aill leat.

Mar f hianuis air mo threibh-dhireas anns an aidmheil, a choisrig-eadh agus anns a cheangal f'hollaiseach so, tha mi toileach mo lamhsgríobhaidh a chur ris do'n Tighearna, a reir 's mar tha barantas agam (a). A nis's leat mi, a Thighearna saor mi. *Amen.*

(a) *Isaiah, xliv. 5.*

## CRIOCH.



